

Ag atharrachadh bheathan tro ionnsachaidh

Plana Corporra 2013 – 2016



- 
- A group of children are playing a large wooden game board on a playground. The game board is a large circular board with several wooden handles extending outwards, resembling a giant version of a board game. The children are smiling and looking at the board. The background is a bright, warm orange color, suggesting a sunset or sunrise. The text is overlaid on the left side of the image.
- Luchd-ionnsachaidh
 - Pàrantan
 - Cleachdaichean
 - Luchd-teagaisg
 - Stiùirichean Foghlam
 - Saor-thoilich
 - Fastaichean

Clàr-innse

Facal-toisich		Cò sinne	04
Micheal Ruiseal BPA, Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim is Ionnsachadh Fad-bheatha	02	An lèirsinn	08
Fàilte		Mar a tha an lèirsinn a' cur ri bhith a' cruthachadh Alba nas fheàrr	10
An t-Ollamh Bill Macsuail, Àrd-oifigear	03	Dùbhlán an adhartais	14
		Ag adhartachadh foghlaim san dòigh Albannaich	22
		Ar rùin	36
		Ar luachan	40
		Ar n-amasan ro-innleachdail agus ar geallaidhean airson gnìomh thar nan trì bliadhna a leanas	42
		A' toirt nam buannachdan gu buil	56
		Eàrr-ràdhan	58



Facal-toisich

Is e dùthaich a th'ann an Alba a tha a' cur luach mòr air foghlam. Tha e anns an DNA nàiseanta againn agus tha e a-staigh gu domhainn anns a' mhothachadh a th' againn oirn fhìn. Mus soirbhich Alba anns an t-saoghal nuadh againn, feumaidh foghlam, mar a bha e uaireigin san àm a dh'fhalbh, a bhith na dhìoghras nàiseanta dhuinn, a' tarraing a-steach ar cùraim is ar n-aire mar nach robh a-riamh roimhe. Is ann air sgàth sin a tha sinn a' cur air adhart prògram farsaing is mòr-mhiannach de dh'ath-leasachadh, a' stiùireadh ath-dhealbhadh aig cha mhòr a h-uile ìre den turas ionnsachaidh. Tha sin gu cinnteach a' gabhail a-steach a bhith a' buileachadh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais ach cuideachd ar prògram mòr ath-leasachaidh san raon thar-16, leasachaidhean ann an ionnsachadh is leasachadh, agus iomairtean gus solarachadh sna tràth-bhladhnaichean adhartachadh.

Tha mi a' sùileachadh gum bi prìomh phàirt aig Foghlam Alba ann a bhith a' faighinn soirbheachas sa chlàr-obrach adhartais mòr-mhiannach seo, agus mar sin tha e na thoileachas mòr dhomh am plana seo a chur air adhart, is e a' stèidheachadh mar a bhios a' bhuidheann ag amas air dèanamh cinnteach gun coilean iad an dleastanais gu buileach glan.

Nuair a thàinig mi chun a' cho-dhùnaidh gum bu chòir Foghlam Alba a stèidheachadh, bha mi glè shoilleir gu bheil an comas againn, an seo ann an Alba, gus seòrsa ùr de bhuidheann nàiseanta a chruthachadh a bhios a' leantainn nan smuaintean eadar-nàiseanta as fheàrr air mar a bu chòir siostaman foghlaim a leasachadh. Bhiodh seo na bhuidheann a bhiodh gu cinnteach a' cur ri chèile agus a' tarraing air neartan nam buidhnean a chaidh roimhe, ach a bhiodh a' cur luach a-steach

le bhith a' dèanamh rudan ann an dòigh eadar-dhealaichte. Tha sin a' ciallachadh a bhith a' gabhail brath air a' chomas a bhith a' cruthachadh ghnìomhan ùra eadar obair leasachaidh is measaidh, eadar brosnachadh is fianais, gus 'an cearcall buadhach leasachaidh' a chruthachadh san t-siostam foghlaim, rud a tha air a mhineachadh nas soilleire ann am feallsanachd a' phlana.

Tha am plana a' sealltainn mar as urrainn comas na buidhne a bhith air a bhuileachadh ann an dòigh nas fheàrr sna bliadhnaichean air thoiseach, a' togail air an adhartas a thathas air a dhèanamh mu thràth anns an dà bhliadhna bho thòisich iad.

Le bhith a' cur cuideam air raointean far a bheil cruaidh fheum air adhartas, tha am plana gu dìreach na fhaileas air prìomh fhòcas an Riaghaltais air a bhith a' dèiligeadh ri fo-choileanadh agus a' libhrigeadh thoraidhean nas cothromaiche do gach neach-ionnsachaidh. Tha mi airson dèanamh cinnteach ge-bith càite a bheil thu a' fuireach no dè na rudan mì-fhàbharach eile a dh'fhaodadh a bhith nad bheatha, bu chòir gum biodh na h-aon chothroman foghlaim agad is a tha aig duine sam bith eile agus an aon dhùil air làn-bhuannachd fhaighinn asta.

Tha sinn, tha mi a' creidsinn, deiseil gus gluasad bho shiostam foghlaim math gu siostam foghlaim sàr-mhath, siostam a sheasas coimeas ris an fheadhainn as fheàrr san t-saoghal airson càileachd is cothromachd air na toraidhean a tha e a' buileachadh.

Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' faicinn na ro-innleachd a thathas air a chur air adhart sa phlana seo a' cur gu mòr ri bhith a' toirt an amais sin gu buil.

Micheal Ruiseal BPA

Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlaim is Ionnsachadh Fad-bheatha



Fàilte

Tha e na thoileachas dhomh fàilte a chur air a' chiad phlana corporra aig Foghlam Alba. Tha am plana seo a' suidheachadh prògram mòr-mhiannach de ghniomhan trom bheil sinn ag amas air fìor atharrachadh a thoirt air càileachd is cothromachd foghlam na h-Alba.

Mar a' bhuidheann nàiseanta ùr a tha an urra ri leasachadh ann am foghlam, tha mòr-mhiannan àrda againn airson dèanamh cinnteach gum bi foghlam na h-Alba am measg nan siostaman as fheàrr san t-saoghal. Tha sinn ag amas air sàr-mhathais aig ach aois is ìre, eadar a' chàileachd as àirde de dh'èòlas ionnsachaidh sna tràth-bhliadhnaichean, tro sholarachadh sàr-mhath anns na bliadhnaichean sgoile a bhios dha-riribh a rèir amasan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais, a' gluasad gu foghlam thar-sgoile agus trèanadh dha daoine òga agus air adhart gu solarachadh foghlam inbheach a nì cinnteach gum bi inbhich soirbheachail mar luchd-ionnsachaidh fad-beatha. Tha am plana againn a' sealltainn mar a neartaicheas sinn ar comais gus adhartas a bhrosnachadh aig gach ceum den turas ionnsachaidh.

Gu dearbh, tha ar comais air an leithid de dh'atharrachadh a thoirt gu buil gu mòr an urra ri ar comais air buaidh a thoirt air cuid eile, gu sònraichte luchd-teagaisg, òraidichean agus an raon farsaing de phroifeiseantaich eile air a bheil uallach a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic do ionnsachadh. Tha an cumhachd aca eadar-dhealachadh a dhèanamh ann am beathannan dhaoine fa leth tro bhith gan com-pàirteachadh ann an ionnsachadh sàr-mhath. Is e ar n-amas an

cuideachadh gus an t-eadar-dhealachadh sin a dhèanamh cho èifeachdach 's a tha sin comasach agus cho tric 's a ghabhas. Cuideachd, a cheart cho cudromach, bidh sinn ag amas air ar pàirt fhìn a ghabhail ann a bhith a' toirt seachad càileachd taic is comhairle aig àrd-ìre do phàrantan luchd-ionnsachaidh òga agus an luchd-ionnsachaidh fhèin.

A' gabhail sin a-steach chaidh am plana corporra againn a leasachadh tro cho-chomhairleachadh farsaing le ar com-pàirtichean.. Tha seo a' nochdadh co-aonta air an t-seòrsa dòigh-obrach a dh'aontaich sinn a bhios soirbheachail ann a bhith a' toirt adhartas air foghlam ann an Alba, agus nas mionaidiche, an seòrsa dleastanas a bu chòir a bhith air buidheann nàiseanta na h-Alba airson ionnsachadh a leasachadh.

Gu dearbh, tha ar mòr-mhiann a' sineadh nas fhaide na bhith a' toirt buaidh air leasachadh ann an raon an fhoghlaim gu bhith a' toirt buaidh nas fharsainge air an raon phoblach san fharsaingeachd. A bharrachd air a bhith a' conaltradh gu gnìomhach le slàinte, seirbheisean sòisealta agus raointean eile gus dòighean-obrach nas co-cheangailte a bhrosnachadh agus sochairean cloinne is luchd-ionnsachaidh inbheach a leasachadh, tha mi a' creidsinn gu bheil an dòigh-obrach a tha sinn a' leasachadh airson foghlaim a' buntainn gu coitcheann ri raointean eile, agus gun urrainn sin cur gu làidir ris an dòigh anns a bheil sinn a' smaoinichadh air leasachadh san raon phoblach, ann am farsaingeachd cho-theacsan.

Tha mi 'n dòchas gun aontaich sibh gu bheil am plana seo a' comharrachadh clàr-obrach soilleir is làidir airson a bhith a' leasachadh foghlam na h-Alba. Ma tha dleastanas sam bith oirbh gus foghlam a sholarachadh no a chuideachadh ann an co-theacsa sam bith, tha mi 'n dòchas gun obraich sibh còmhla rinn gus seo a thoirt gu buil.

An t-Ollamh Bill Macsuail

Àrd-oifigear

Cò sinne

**Ag atharrachadh bheathannan
tro ionnsachadh**

**Is e Foghlam Alba prìomh bhuidheann
naiseanta na h-Alba airson a bhith
a' brosnachadh leasachadh ann an
càileachd is èifeachdas foghlaim.**

**Bidh sinn a' brosnachadh leasachadh
anns gach raon foghlaim agus aig
gach ìre den turas ionnsachaidh,
bho na tràth-bhliadhnaichean gu
foghlam inbheach is leantainneach.**

Nuair a chaidh Foghlam Alba a chruthachadh air 1 Iuchar 2011 thug sin còmhla goireasan is dreuchdan Ionnsachadh is Teagasg na h-Alba (ITA), Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim (LFB), Sgioba Nàiseanta Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach (LPL) agus Sgioba Giùlan Adhartach Riaghaltas na h-Alba. Le bhith a' glacadh ghoireasan is eòlas nan ceithir buidhnean sin, agus le bhith a' co-obrachadh le ar prìomh chom-pàirtichean, tha sinn a-nis ann am fìor dheagh shuidheachadh gus càileachd foghlaim a leasachadh airson a h-uile neach-ionnsachaidh ann an Alba.

Bha am buidseat gnìomh againn airson 2012/13 aig ìre £32.5 millean, agus tha sinn ag ullachadh airson lùghdachadh mean air mhean anns a' mhaoin mheadhain againn airson ùine a' phlana chorporra seo. Tha stèidheachadh Foghlam Alba air còrr is £10 millean a chaomhnadh tro èifeachdas.

Tha an obair againn a' còmhach an làn raon de sholarachadh foghlaim ann an Alba airson luchd-ionnsachaidh de gach aois ann an ionadan thràth-bhliadhnaichean, a h-uile seòrsa sgoil, nam measg sgoiltean neo-eisimeileach, colaistean maoinichte gu poblach is gu prìobhaideach, ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd (ILC), foghlam neach-teagaisg, seirbheisean eòlas-inntinn foghlaim, buidhnean saor-thoileach is foghlam prìosain. Tha inbhe ar buidhne-gnìomha a' dìon ar comais gus measadh is aithris gu neo-eisimeileach air càileachd solarachadh foghlaim agus air soirbheachas poileasaidh nàiseanta ann an cleachdadh.

Tha sinn ag obair gu dlùth le Ministearan na h-Alba agus na co-obraichean poileasaidh taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba a tha gan comhairleachadh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an fhianais agus an anailis a bheir sinn seachad a' dol gu dìreach a-steach don phròiseas dèanaimh phoileasaidh.

Is e an luchd-obrach againn am prìomh ghoireas againn. Tha iad a' toirt còmhla measgachadh beartach de sgilean is eòlas eadar-

dhealaichte, nam measg eòlaichean leasachadh curraicealaim, Luchd-sgrùdaidh na Banrigh, oifigearan leasachaidh, eòlaichean sheirbheisean corporra, luchd-anailis, agus eòlaichean ann an rannsachadh, fiosrachadh, conaltradh, teicneòlas agus raointean eile.

Tha sinn airson gun cùm sinn measgachadh de luchd-obrach làn-ùine a bharrachd air fo-fhastaidhean làn-ùine is pàirt-ùine.

Bidh am measgachadh seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil eòlas ar luchd-obrach làn-ùine a' tighinn còmhla ri eòlas nàiseanta, a bharrachd air smuaintean is dòighean-obrach ùra a tha a' riochdachadh a' chleachdaidh làithrich as fheàrr ann am foghlam. Nì seo cinnteach gu bheil sinn ag obair gu dlùth le raon chom-pàirtichean ann am foghlaim agus dleastanas oirnn cuideachadh le ionnsachadh fad-dreuchd phroifeiseantaich air feadh na h-Alba fhad 's a tha iad nam fo-fhastaidhean no fo chùmhnannt.





“

Tha sinn ag amas air sàr-mhathas airson gach aois is ìre, bhon eòlas ionnsachaidh as àirde ann an càileachd sna tràth-bhliadhnaichean...gu solarachadh ionnsachadh inbheach a nì cinnteach gum bi gach inbheach a' leantainn gu soirbheachail mar luchd-ionnsachaidh fad-beatha.”



An lèirsinn

**Ag atharrachadh bheathannan tro
ionnsachadh**

*Bidh luchd-ionnsachaidh ann an Alba
a' dèanamh adhartas ann an aon de na
siostaman foghlaim as èifeachdaiche san
t-saoghal, ainmeil airson cho comasach
's a tha com-pàirtichean nàiseanta is
ionadail air co-obrachadh còmhla gu
sùbailte gus toraidhean àrd-inbhe is
cothromach a choileanadh do gach neach.*

Le bhith an sàs le ar luchd-obrach agus prìomh chom-pàirtichean tha sinn air lèirsinn a leasachadh a tha a' mìneachadh ar mòr-mhiannan coitcheann airson foghlaim na h-Alba. Tha an lèirsinn seo a' toirt a-steach grunn phrìomh mheudan:

- **Fòcas air neach-ionnsachaidh**

Tha an lèirsinn a' suidheachadh amas aig àrd-ìre agus a' cur an neach-ionnsachaidh aig cridhe gach rud a nì sinn. Tha e a' coimhead air siostam anns am bi gach neach-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas tro shlighean ionnsachaidh pearsanta a dh'uidheamaicheas iad leis na sgilean a dh'fheumas iad gus soirbheachadh nan dreuchdan roghnaichte agus anns a' chomann-shòisealta san fharsaingeachd.

- **Siostam foghlaim a bhios cliùiteach air feadh an t-saoghail**

Is e an lèirsinn gum bi foghlam na h-Alba ainmeil air feadh an t-saoghail a thaobh soirbheachais, aithnichte fad is farsaing mar aon de na siostaman foghlaim as fheàrr san t-saoghal.

- **Toraidhean àrd-inbhe agus cothromach do gach neach**

Tha fòcas làidir san lèirsinn air a bhith ag adhartachadh thoraidhean ann an dòighean a bhios a' feuchainn ri cur às do neo-ionannachd a tha an-dràsta am measg luchd-ionnsachaidh bho dhiofar chùil-ionaid agus bho bhuidhnean sònraichte so-leònte.


- **Com-pàirteachasan làidir is tarbhach**

Tha an lèirsinn a' taisbeanadh ar dealais gu bhith a' gabhail prìomh uallach ann a bhith a' brosnachadh obrachadh chom-pàirteach làidir am measg nam prìomh chom-pàirtichean a tha a' toirt taic is a' libhrigeadh foghlam ann an Alba. Tha sinn a' creidsinn gu bheil ar mòr-mhiannan airson leasachadh ann am foghlam na h-Alba cuideachd aig gach com-pàirtiche a tha còmhla rinn. Is ann le bhith ag obair còmhla ann an com-pàirteachas, le spèis aig càch dha chèile, agus tuigse air na dleastanasan eadar-dhealaichte agus na h-uallachaidhean a tha oinn fa leth, a thèid an coileanadh.

Bidh coileanadh na lèirsinn seo a' ciallachadh:

- > **gu bheil adhartas a' tighinn air toraidhean foghlaim do gach neach-ionnsachaidh,**
- > **gu bheileas a' cur às do neo-ionannachd ann an toraidhean foghlaim, agus**
- > **gu bheil misneachd mhòr aig a' phoball ann am foghlam.**





Mar a tha an lèirsinn a' cur ri bhith a' cruthachadh Alba nas fheàrr

Tha an lèirsinn seo airson foghlaim gu tur a' tighinn a rèir adhbhar farsaing Riaghaltas na h-Alba:

seirbheisean riaghaltais is poblach a bhith ag amas air dùthaich nas soirbheachail a chruthachadh, le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' meudachadh fàs eaconamach seasmhach.

Le bhith a' coileanadh na lèirsinn airson foghlam na h-Alba, cuiridh sin gu mòr ri bhith a' coileanadh adhbhar farsaing an Riaghaltais agus na co-amasan ro-innleachdail a tha aca gus Alba a dhèanamh **nas Sgairteile, nas Beartaiche agus nas Cothromaiche, nas Fallaine, nas Sàbhailte is nas Làidire agus nas Uaine.**

Gu sònraichte, tha sinn a' creidsinn le bhith a' coileanadh ar lèirsinn airson foghlaim na h-Alba gun cuir sin gu dìreach ris na toraidhean nàiseanta a leanas a tha toirt taic do na h-amasan ro-innleachdail sin (Eàrr-ràdh A):

- **tha sinn nas foghlaimichte, nas sgileil agus nas soirbheachail,** ainmeil airson ar sgrùdaidh is ùr-ghnàthachais;
- **tha ar daoine òga nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail,** nan daoine misneachail, nan com-pàirtichean eifeachdach agus nan saoranaich earbsach;
- **tha an toiseach beatha as fheàrr aig ar cloinn** agus iad deiseil gus soirbheachadh;
- **tha sinn air aghaidh a chur ri neo-ionannachd** ann an comann-sòisealta na h-Alba;
- **tha sinn air cothroman beatha chloinne adhartachadh,** agus airson daoine òga agus teaghlaichean ann an cunnart;
- **tha coimhearsnachdan làidir, tapaidh is taiceil againn** far a bheil daoine a' gabhail uallach airson an cuid gnìomh agus mar a bheir sin buaidh air daoine eile;
- **tha càileachd àrd-inbhe nar seirbheisean poblach,** an-còmhnaidh a' tighinn air adhart, èifeachdach is freagarrach airson feumalachdan dhaoine ionadail, agus
- **tha sinn a' toirt nan comasan eaconamach againn gu buil** le barrachd chothroman obrach nas fheàrr dha na daoine againn.

Tha an dàrna toradh sin gu mòr ceangailte ris a' **Churraicealam airson Sàr-mhathais**.¹ Mar sin tha sinn gu làidir air thoiseach a thaobh an toraidh seo. Is e brosnachadh coileanadh soirbheachail a' Churraicealam airson Sàr-mhathais aon de na prìomh dhleastanasan a tha oirnn.

Tha sinn gu dìreach an sàs ann an tional fianais a chleachdar gus soirbheachas nan toraidhean nàiseanta a mheasadh. Tha a dhà de na 50 taisbeanairean a thathas a' cleachdadh gus adhartas na h-Alba a mheasadh a thaobh a bhith ag adhartachadh nan toraidhean sin stèidhichte gu sònraichte air co-dhùnidhean ar sgrùdaidh.

Libhrigeadh sheirbheisean poblach – ceithir colbhan

Nuair a bhios sinn a' leantainn na lèirsinn bidh sinn a' dèanamh sin ann an dòighean a tha gu tur a' co-thaobhadh ri clàr-obrach an riaghaltais airson ath-leasachadh ann an seirbheisean poblach, mar a tha stèidhichte san fhreagairt aca do cho-dhùnidhean Coimisean Libhrigidh Sheirbheisean Poblach san Àm ri Teachd (Aithisg Christie).²

Cuiridh ar cuid obrach gu mòr ri bhith a' coileanadh nan ceithir colbhan de ath-leasachadh sheirbheisean poblach anns an aithisg: bacadh, com-pàirteachas, daoine, is coileanadh.

- Bidh **gluasad cinnteach a dh'ionnsaigh bacadh** ri fhaicinn gu soilleir, mar eisimpleir sa ghealladh làidir againn a thaobh eadar-theachd tràth gus barrachd soirbheachais is cothromachd fhaighinn ann an coileanadh luchd-ionnsachaidh, a' cur an aghaidh chearcallan domhainn de fo-choileanadh agus neo-cheangal am measg cuid de bhuidhnean.
- Bidh **barrachd fòcas air 'àite' gus com-pàirteachas, co-obrachadh is libhrigeadh ionadail nas fheàrr a stiùireadh** ri fhaicinn. Seallaidh sinn tuilleadh cliseachd is sùbailteachd le mar is far an libhrig sinn airson chleachdaichean; bidh an dòigh-obrach a bhios

freagarrach do aon sgìre gu math diofraichte ann an sgìre eile.

- Chithear **tasgadh ann an daoine a bhios a' libhrigeadh sheirbheisean tro leasachaidh luchd-obrach agus ceannardas nas èifeachdaiche** tron phrìomhachas làidir a bheir sinn do neartachadh ionnsachadh proifeiseanta dha cleachdaichean foghlaim agus a' neartachadh chothroman gus ceannardas a leasachadh
- Is e **cultar seirbheisean poblach nas soilleire a dh'adhartachas inbhean coileanaidh** prìomh amas na h-obrach againn gu h-iomlan. Bheir sinn seachad measadh bhon taobh a-muigh air càileachd solarachaidh agus feuchaidh sinn ri comas sholarachan foghlaim adhartachadh gu a bhith a' measadh agus ag aithris air an coileanadh fhèin gu soilleir gus dèanamh cinnteach gun cumar ri bhith ag àrdachadh inbhean.



1 Airson mineachadh nas iomlaine air na ceithir comasan den Churraicealam airson Sàr-mhathais faic Eàrr-ràdh B.
2 Riaghaltas na h-Alba (2011); Ag Ùrachadh Sheirbheisean Poblach na h-Alba: Prìomhachasan airson Ath-leasachaidh mar fhreagairt do Choimisean Christie.

Tràth-bhliadhnaichean

Bidh ar fòcas cuideachd air dèanamh cinnteach gum bi foghlam a' cur gu mòr ri bhith ag adhartachadh leasachadh chloinne anns na tràth-bhliadhnaichean. Bheir sinn taic do choileanadh Frèam-obrach nan Tràth-bhliadhnaichean, Co-obrachadh nan Tràth-bhliadhnaichean agus adhartasan ann an càileachd sheirbheisean foghlaim ro-sgoile.

Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh

Bidh ar fòcas a' leudachadh gu mòr thar ìrean ruigsinn sgoile.

Tha an sealladh *Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh* (GFCAGL) mu dheidhinn mar a bhios cleachdaichean thar gach seirbheis airson cloinn is inbhich a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne is dhaoine òga, ag obair còmhla far a bheil sin riatanach gus dèanamh cinnteach gun ruig iad na làn-chomasan aca.

Bheir sinn taic do GFCAGL gus cothroman beatha na cloinne a chuideachadh ann an dòigh nas fharsaing a' cleachdadh nan ochd taisbeanairan maitheis:

- S** sàbhailte
- F** fallain
- C** coileanadh
- À** àraichte
- B** beòthail
- U** urramaichte
- C** cunntasach agus
- S** san àireamh

Toraidhean Co-ionannachd

Ni sinn ar dìchill a bhith a' brosnachadh dhleastanasan co-ionannachd roinn phoblaich Riaghaltas na h-Alba.

Cuiridh sinn gu mòr ri toradh sònraichte ionannachd foghlaim aig Riaghaltas na h-Alba:

San fhad-ùine gheibh gach leanabh is duine òg na cothroman foghlaim a thathas a' tabhann gus an ruig iad na làn-chomasan aca fhèin. Chithear adhartas ro 2017 ann an eòlas dhaoine le feartan dìonta aig nach eil cothroman an-dràsta no nach eil a' coileanadh mar a bu chòir.

Cuiridh sinn cuideachd ri toraidhean co-ionannachd eile aig Riaghaltas na h-Alba mar a bhios sin iomchaidh.

Ath-leasachadh thar-16

Bidh ath-leasachadh mòr-mhiannach thar-16 na h-Alba a' stèidheachadh prògram gus dèanamh cinnteach gum bi solarachadh ionnsachadh poblach anns na colaistean, oilthighean is solaraichean trèanaidh againn nas fhaisg air amasan an Riaghaltais airson obraichean is fàs, ag adhartachadh chothroman beatha dhaoine, agus bidh e seasmhach airson a' mheadhan-ùine is an fhad-ùine.

Mar a bhios ath-leasachadh a' dol air adhart, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gum faigh luchd-ionnsachaidh a-steach do raon farsaing de chothroman àrd-chàileachd aig gach ìre. Tha adhartas ionnsachaidh mar sin uabhasach cudromach gus dèanamh cinnteach gun leasaich daoine raon farsaing de sgilean ceangailte ri obair is sgilean beatha airson an cuideachadh gus obair fhaighinn agus soirbheachadh nan dreuchdan.

Bidh sinn ag obair gu dlùth ri Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (CMA), Leasachadh Sgilean na h-Alba (LSA) agus com-pàirtichean eile gus cur gu h-èifeachdach ri ath-bheothachadh is càileachd ionnsachaidh is trèanaidh thar-16.



Dùbhlán an adhartais

Tha eòlas air mar as urrainnear siostaman foghlaim a leasachadh air fàs gu mòr thairis air an dà dheichead a dh'fhalbh. Aon theachdaireachd shoilleir a tha air nochdadh 's e ma thathas gu bhith a' dealbhadh gu h-èifeachdach airson leasachadh fhaighinn ann an siostaman foghlaim, feumaidh sibh an toiseach a bhith soilleir mu cho math 's a tha an siostam foghlaim agaibh ag obair an-dràsta.³




Chan eil dòigh-obrach ‘aon dhòigh airson na h-uile’ ann airson leasachadh a thoirt air adhart ann am foghlam. An àite sin, bidh co-dhùnaidhean mun roghainn de na dòighean as iomchaidh air leasachadh fhaighinn ann an siostam foghlaim an urra ris an ìre tòiseachaidh. Tha na ro-innleachdan a tha iomchaidh airson siostaman foghlaim a tha a’ feuchainn ri gluasad bho bhith ‘bochd’ gu ‘meadhanach’ gu math eadar-dhealaichte bho na ro-innleachdan a bhios iomchaidh airson siostaman foghlaim a’ feuchainn ri gluasad bho bhith ‘math’ gu bhith ‘sàr-mhath.’

Tha fianais mu choileanadh làithreach siostam foghlaim na h-Alba a’ moladh gu bheil siostam foghlaim math againn, a tha a’ coileanadh gu làidir ann an iomadh dòigh. Ach, chan eil sinn fhathast aig an ìre far a bheil sinn gu cunbhalach a’ coileanadh ìrean sàr-mhath a bhiodh co-ionann ris a’ mhòr-mhiann chruinneil a tha san lèirsinn againn.

Tha raon de dh’fhianais a’ dearbhadh a’ choileanaidh adhartach seo.


Tha coileanadh dhaoine òga ann an Teisteanasan Nàiseanta san àrd-sgoil air a thighinn air adhart mean air mhean thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh.⁶

Graf 2: Daoine òga a' faighinn còig no barrachd dhuaisean aig ìre 5 SCQF no nas àirde ro dheireadh S4 agus S6 2000/01 gu 2011/12



Tha coileanadh na h-Alba ann an deuchainnean bun-tomhais eadar-nàiseanta an ìre mhath làidir ged nach eil sinn am measg an fheadhainn as àirde coileanaidh.⁷

Graf 3: Sgòr leughaidh PISA 2009 airson dùthchannan OECD



6 Riaghaltas na h-Alba (2012); 'Summary statistics for attainment, leaver destinations and healthy living, No. 2: 2012 Edition'.
 7 OECD (2010); PISA 2009 Results: What Students Know and Can Do – Student Performance in Reading, Mathematics and Science (Volume I), OECD Publishing.

Am measg thaisbeanair eile de choileanadh math san t-siostam foghlaim againn tha:

- **sgrùdadh nàiseanta Growing up in Scotland (GUS)** a tha a' sealltainn gu bheil eòlasan adhartach aig a' mhòr-chuid de chloinn ann an Alba sna tràth-bhliadhnaichean dem beatha agus gur e glè bheag aig a bheil duilgheadasan leasachaidh;⁸
- **tha an aon sgrùdadh cuideachd a' sealltainn gu bheil cha mhòr a h-uile leanabh ann an Alba** a' làimhseachadh a' ghluasaid bho ro-sgoil gu bun-sgoil gu math. Anns na bun-sgoiltean, tha fianais bhon aon sgrùdadh a' sealltainn, a thaobh a' mhòr-chuid de chloinn, gur e eòlas math a bha aig clann agus na pàrantan aca aig ìre ro-sgoile;
- **tha fianais bunaitich bho sgrùdaidhean** air ionadan ro-sgoile is sgoiltean, eadar 2008 is 2011, a' sealltainn gu bheil cha mhòr a h-uile gin dhiubh ag obair aig ìre riarachta no nas fheàrr ann a bhith a' toirt eòlasan èifeachdach do chloinn agus ag adhartachadh an cuid coileanaidh;⁹

- **tha fianais bho sgrùdaidhean cuideachd a' nochdadh** gu bheil càileachd ionnsachaidh fhathast math anns cha mhòr a h-uile àrd-sgoil, le eisimpleirean de theagasg a tha fìor-mhath agus sònraichte math;⁹
- **tha a' mhòr-chuid den fheadhainn a tha a' fàgail àrd-sgoiltean a tha maoinichte gu poblach** ann an cinn-uidhe adhartach timcheall air naoi mìosan às deidh dhaibh an sgoil fhàgail agus tha seo ag àrdachadh;¹⁰ agus
- **bho 2001 tha lùghdachadh mean air mhean air nochdadh** anns an àireamh sa cheud de dh'inbhich le teisteanas ìseal no às aonais teisteanas sam bith.¹¹

Ach tha dùbhlain mhòra mur coinneimh

A dh'aindeoin an adhartais seo, tha fhathast mòran chothroman ann airson adhartais ann am foghlam na h-Alba. Feumaidh sinn ar cuid coileanaidh àrdachadh ann an cuid de phrìomh raointean ma tha sinn dol a choileanadh na h-ìrean gnìomh sàr-mhath air a bheil sinn ag amas, agus a dh'fhaodadh Alba a chur am measg nan dùthchannan as fheàrr coileanaidh san t-saoghal.



8 An t-Seirbheis Adhartachaidh (2012); "Growing Up in Scotland – Key Messages".

9 Foghlam Alba (2012); "Quality and Improvement in Scottish Education: Trends in Inspection Findings 2008-11".

10 Riaghaltas na h-Alba (2012); "Scotland Performs Technical" Nota: Àrdaich an àireamh de dhaoine òga ann an ionnsachaidh, trèanaidh no obair.

11 Riaghaltas na h-Alba (2012); "Scotland Performs Technical" Nota: Adhartaich cunntas sgilean an t-sluaigh.



Tha eòlas fada is soirbheachail aig Foghlam Alba, ag obair ann an com-pàirteachas gus taic is dùbhlann a chumail ri colaistean air feadh na h-Alba gus cothroman foghlaim àrdachadh dha na h-oileanaich againn. Aig àm far a bheil atharrachadh is ath-leasachadh sònraichte a’ dol air adhart, tha fìor chothrom ann dha Foghlam Alba, ag obair gu dlùth le colaistean, ath-mhìneachadh a dhèanamh air solarachadh foghlaim san raon-obrach ann an Alba san àm ri teachd. Bu chòir ar sealladh còmhla a bhith mòr-mhiannach agus làidir gus siostam foghlaim a tha air aithneachadh le sàr-mhaitheis, a lìbhrigeadh.”

Audrey Cumberford, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba agus Prionnsapal, Colaiste Taobh an Iar na h-Alba

- **Is e aon phrìomh chuspair a tha gar cumail air ais** an ceangal làidir a tha eadar cùl-ionad sòisealta agus toraidhean foghlaim, ceangal a tha gu mòr aig cridhe ar siostam.
- **Bidh eadar-dhealachaidhean ann an toraidhean foghlaim** a tha ceangailte ri anacothroman sòisealta ann an Alba a’ fàs nas follaisiche ro àm tòiseachaidh foghlaim foirmeil agus mairidh iad an uair sin fad na sgoile agus a-steach gu beatha inbheach an sgoileir.
- **tha fianais bho GUS a’ sealltainn gum bi clann** bhon chùl-ionad as mì-tharbhaiche mar as trice a’ tòiseachadh san sgoil is iad eadar 13 is 18 mìosan air dheireadh air an co-aoisean, a rèir an fhìor mheasadh a bhithear a’ cleachdadh.¹²
- **tha analais air dàta** bho sgrùdaidhean deuchainn-luathais eadar-nàiseanta an OECD, Prògram Measaidh Eadar-nàiseanta Oileanach (PMEO), a’ sealltainn gu bheil buaidh làidir aig cùl-ionad sòisealta air toraidhean foghlaim ann an Alba, ann an coimeas ri dùthchannan eile.¹³
- **Tha duilgheadasan fhathast againn** le ìrean ìseal litearrachd am measg inbheach – bidh dùbhlann agus gainead chothroman bho àm gu àm aig timcheall air cairteal de shluagh na h-Alba mar thoradh air sgilean litearrachd cuibhrichte agus tha 3.6% den bhuidhinn seo aig a bheil dùbhlain mhòra leis a’ bhuaidh a th’ aig an seo air am beatha làitheil.¹⁴


12 An t-Seirbheis Adhartachaidh (2012); “Growing Up in Scotland” – Prìomh Theachdaireachdan.

13 OECD (2010); PISA 2009 Co-dhùnaidhean: “Overcoming Social Background: Equity in Learning Opportunities and Outcomes” (Iris II), OECD Publishing.

14 Riaghaltas na h-Alba (2009); Sgrùdadh Litearrachd Inbheach na h-Alba 2009 – Aithisg mu Cho-dhùnaidhean.

Buileachadh dhaoine òga an aghaidh ìrean anacoithruim shòisealta.¹⁵

Graf 4: Luach sgòr taraif cuibheasach de luchd-fàgail 2011/12 le Clàr-innse Albannach de loma-bhochdainn (CAIB).



2012 Luach CAIB. Tha an acronaim a' seasamh airson àireamhan Clàr-innse Albannach de loma-Bhochdainn. Mar a tha an t-ainm ag ràdh thathas a' cleachdadh grunn thaisbeanairan gus innse dè a th'ann am 'bochdainn'. Tha luach air a thoirt do gach ceàrn dàta ann an Alba (raon beag talmhainn, beagan shràidean mar as trice) a tha a rèir ìre de anacoithrom shòisealta. Is e luach 1, taobh clì a' chlàir, na 10% ceàrnaidhean den bhochdainn as miosa ann an Alba; is e luach 10, taobh ceart a' chlàir, na 10% ceàrnaidhean as beartaiche ann an Alba.

Sgòr Taraif Cuibheasach. Tha puingean air a chur fa chomhair gach teisteanas SQA. Mar a ghluaisas luchd-ionnsachaidh tro S4-S6 agus a choileanas iad barrachd is barrachd de dh'ìrean teisteanais togaidh iad barrachd phuingean. Tha sgoilearan le nas lugha de theisteanasan agus nas lugha de phasan aig a' bhonn (nas lugha phuingean) agus iadsan le àireamh nas àirde de theisteanasan agus ìre nas àirde de phas, m.e. ìre A, aig a' mhullach (barrachd phuingean).


Tha an ceangal làidir eadar cùl-ionad shòisealta agus toraidhean foghlaim ann an Alba ri fhaicinn gu soilleir air a' chlàr seo, a tha a' sealltainn an coileanadh iomlan aig ìrean buileachaidh sgoile ri taobh feartan shòisealta seòlaidhean dachaigh nan sgoilearan.

Is e aon de na prìomh dhùbhlain a tha againn a bhith ag àrdachadh nan crann air an taobh chli den chlàr seo.

Tha fianais bhon sgrùdadh againn a' dearbhadh dealbh de shiostam foghlaim sgoile a tha sa chumantas a' coileanadh gu ìre glè mhath. Chì sinn glè bheag de fo-choileanadh mòr, ach chì sinn mòran sgoiltean agus seirbheisean far am faodar tòrr adhartais a dhèanamh fhathast gus an toirt bho bhith 'math' gu bhith 'fìor mhath'.

¹⁵ Riaghaltas na h-Alba (2013); Tuilleadh mion-anailis bho 'Summary statistics for attainment, leaver destinations and healthy living, No. 3: 2013 Edition'.

Graf 5: Measaidhean taisbeanair càileachd airson a h-uile sgoil



Tha geàrr-chunntas de thoraidhean ar sgrùdaidhean thar na h-ùine 2008 gu 2011¹⁶ a’ sealltainn gu bheil co-roinn mhòr de na measaidhean againn a’ laighe anns na raointean ‘riarachta’ agus ‘math’, agus gu bheil feum air gluasad mòr a dhèanamh gus am faicear barrachd fianais de sholarachadh ‘fìor mhath’ agus ‘sàr-mhath’ a’ sgaoileadh air feadh an t-siostaim.

Le bhith a’ dèanamh gluasad cinnteach gu ìrean coileanaidh àrda ann an Alba feumaidh sinn suim a ghabhail an dà chuid den t-siostam gu h-iomlan agus feumalachdan luchd-ionnsachaidh gu lèir.

Chan dèan sinn an t-adhartas a tha sinn ag iarraidh dìreach le bhith a’ cur ar fòcas air a bhith a’ leasachadh sholarachdan foghlaim a tha a’ coileanadh aig ìre ìseal an-dràsta. Gu dearbh, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil adhartas leantainneach a’ tachairt gu farsaing thar an t-siostaim, ge-bith dè an ìre tòiseachaidh. Is e oidhirp sheasmhach is ghnìomhach a tha a dhìth, stèidhichte thar an t-siostaim air fad, ma tha sinn gu bhith soirbheachail. Tha seo ri fhaicinn gu cumanta ann an siostaman foghlaim àrd-choileanaidh air feadh an t-saoghail a tha air neo-ionannas ann an toraidhean ionnsachaidh a lùghdachadh.

16 Foghlam Alba (2012); "Quality and Improvement in Scottish Education: Trends in Inspection Findings" 2008-11.

Ag adhartachadh foghlaim san dòigh Albannaich

Gabhaidh sinn pàirt ann a bhith a' leasachadh dòigh-obrach mòr-mhiannach mu bhith ag adhartachadh foghlaim ann an Alba a tha air a dhealbhadh gu bhith a' toirt foghlaim na h-Alba bho ìre 'math' gu 'fìor mhath'.



Tha an fhianais eadar-nàiseanta as ùire mu bhith a' leasachadh làn-shiostaman foghlaim ag innse dhuinn gun àbhaist do dhùthchannan a tha soirbheachail ann a bhith a' gluasad bho bhith 'math' gu bhith 'fior math', agus a tha a' dol air adhart nas fhaide gu sàr-mhaitheis, a' cumail ris na h-aon ro-innleachdan bunaiteach.¹⁷

- **Cumaidh iad fòcas air a bhith ag àrdachadh càileachd** luchd-inntrinn do dhreuchd an fhoghlaim, a' dèanamh cinnteach gum bithear a' faicinn foghlam mar dhreuchd phroifeiseanta de dh'àrd inbhe, le ìrean àrda a bhios a' tàladh nan ceumnach as fheàrr.
- **Bidh iad a' cur dùil mòr** air cleachdaichean foghlaim a bhith a' leasachadh an gnìomh proifeiseanta tro na dreuchdan aca agus dèanamh cinnteach gum faigh iad an ùine agus an taic gus seo a dhèanamh.
- **Bidh iad a' brosnachadh ìre àrd fèin-riaghlaidh** am measg àiteachan is sheirbheisean fa leth, gam brosnachadh gus smachd adhartach a ghabhail air na tha iad a' teagasg agus mar a tha iad ga theagasg, a' dèanamh an cuid eòlais freagarrach do na feumalachdan ionadail aca agus a' gabhail uallach airson an cuid fèin-mheasaidh agus fèin-adhartachaidh a stiùireadh.

17 McKinsey & Co. (2010); "How the World's Most Improved School Systems Keep Getting Better".

Tha an fhianais ag innse gu bheil na siostaman a tha a' dèanamh an adhartais as làidire cuideachd a' cur fòcas gu dìreach air brosnachadh cultar làidir de **ionnsachadh agus sgrùdadh co-obrachail**, far a bheil cleachdaichean aig an aghaidh an-còmhnaidh an sàs ann a bhith ag ionnsachadh bho chèile, gu gnìomhach a' roinneadh fiosrachadh mu gnìomhachd èifeachdach am measg lionra de chleachdaichean.

Tha iad cuideachadh a' leasachadh dhòighean air a bhith gu gnìomhach **a' brosnachadh agus a' toirt taic do chleachdadh ùr-ghnàthaichte**, agus gu gnìomhach a' sgaoileadh na chaidh ionnsachadh bhon chleachdadh thar an t-siostaim ann an dòighean a leigeas le feadhainn eile buannachd fhaighinn bhuidhe.

Dòigh-obrach na h-Alba

Tha mòran de na dòighean-obrach a tha air an ainmeachadh san anailis seo rim faicinn gu soilleir anns a' mhodail leasachadh foghlaim a thug sinn a-steach ann an Alba. Tha fòcas 'dòigh-obrach na h-Alba' air a bhith air ìrean de fèin-riaghlaidh phroifeiseanta agus aig an aon àm a' tasgadh gu mòr ann an togail comas am measg chleachdaichean foghlaim, àiteachan is sheirbheisean. Tha am fòcas làidir againn air fèin-mheasadh a leasachadh an cois rèiteachadh cuimseach airson sgrùdaidh is measaidh taobh a-muigh air a bhith na fheart chomharraichte de leasachadh càileachd ann am foghlam na h-Alba.





...Feumaidh an Curraicealam airson Sàr-mhathais ionnsachadh agus teagasg a leasachadh a thogas sgilean càileachd san luchd-obrach gu h-iomlan agus a bheir ullachadh nas fheàrr do ar daoine òga airson saoghal na h-obrach... gus am bi e comasach dha siostam foghlaim na h-Alba eadhon barrachd a chur ri soirbheachas na h-Alba.”

Iain McMillan CBE, Stiùiriche, CBI

A' toirt ùghdarras do phroifeiseantaich aig an aghaidh

Tha am fòcas air a bhith a' brosnachadh proifeiseantaich foghlaim gus barrachd fèin-riaghlaidh a bhith aca a thaobh co-dhùnadh mu fheumalachdan an luchd-ionnsachaidh aca ri fhaicinn gu mòr anns an ath-leasachadh farsaing a chaidh a dhèanamh air a' churraicealam, ionnsachadh, teagasg is measadh thar na roinnean 3–18 gu h-iomlan. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais, an t-ath-leasachadh as motha a rinneadh air solarachadh foghlaim bho ro-sgoile gu inbheach ann an ginealach, air a dhealbhadh gu mionaideach gus barrachd saorsa proifeiseanta a thoirt dha cleachdaichean ann a bhith a' co-dhùnadh dìreach dè a tha is ciamar a tha iad a' teagasg gus an luchd-ionnsachaidh aca a bhrosnachadh agus a leasachadh.

Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais air ath-fòcas a dhèanamh air stiùireadh nàiseanta gus nach eil e cho òrdaichte mu na bhios anns a' churraicealam, gus am bi frèam-obrach nas sùbailte agus nas comasaiche ann a sheallas ri bhith a' mìneachadh phrionnsapalan farsaing agus na prìomh eòlasan is thoraidhean a bhios daoine òga an dùil a choileanadh aig gach ìre den turas ionnsachaidh aca. Chleachd sinn an dòigh-obrach seo airson co-theacsa na h-Alba, far am bi co-dhùnaidhean mionaideach mu libhrigeadh seirbheis gu mòr an urra ri proifeiseantaich agus buidhnean ionadail aig an aghaidh, a' dol leis a' bheachd gur iadsan as fheàrr gus co-dhùnadh a dhèanamh air mar a choileanas iad toraidhean ann an suidheachaidhean ionadail.



A' togail càileachd is sgilean am measg an luchd-obrach

A bharrachd air a bhith a' brosnachadh phroifeiseantaich a thaobh barrachd fèin-riaghlaidh ionadail dhaibh pèin, tha fòcas soilleir air a bhith air **càileachd is comas ar luchd-obrach foghlaim àrdachadh** gus dèanamh cinnteach gu bheil iad uidheamaichte airson grèim a ghabhail air cothroman airson barrachd saorsa proifeiseanta a bhios nàs èifeachdaiche.

Tha seo air ath-leasachaidhean a thoirt a-steach a tha ag amas air dèanamh cinnteach gu faigh sinn na daoine as fheàrr a-steach gu bhith nan luchd-obrach foghlaim tro bhith a' tàladh nan tagraichean as fheàrr càileachd, agus poileasaidhean ag amas air dèanamh cinnteach gum faigh fastaichean soirbheachail an trèanadh agus an t-inntrigeadh as fheàrr don phroifeisean aig toiseach an dreuchd. Thairis air an deichead a dh'fhalbh, tha lèirmheas às dèidh lèirmheas¹⁸ air ar stiùireadh gu diofar ghnìomhan air an dealbhadh gus inbhe phroifeiseanta luchd-teagaisg àrdachadh, gus an cuid trèanaidh is inntrigidh adhartachadh, agus dèanamh cinnteach gu bheil iad an sàs nas motha ann an leasachadh proifeiseanta agus leasachadh sgoile.

Tha leasachaidhean co-shìnte ann an raointean eile leithid stèidheachadh Comhairle Inbhean airson Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd na h-Alba (Comhairle Inbhean ILC) agus toirt a-steach trèanadh is teisteanasan ùra le luchd-obrach thràth-bhliadhnaichean is thar-16 a' putadh air an aon shlighe.

Tha am fòcas seo air togail comais san luchd-obrach cuideachd a' ciallachadh àrdachadh dùil mu phroifeiseantaich foghlaim a bhith an sàs ann an leasachadh leantainneach agus ag adhartachadh an cuid cleachdaidh nan dreuchdan, mar a bhiodh ar buidhinn ag iarraidh.

Tha neartachadh dleastanas na buidhne ùir neo-eisimeilich Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba (CTCA), a tha ag àrdachadh dhùilean a thaobh inbhean trèanaidh tùsail is proifeiseanta, cuideachd ag àrdachadh dhùilean mu luchd-teagaisg a bhith an sàs ann an **ionnsachadh proifeiseanta fad an dreuchdan**.¹⁹



Tha sinn a' creidsinn mar sgoilearan gum feum sgoiltean gabhail ris an t-saoghal a tha ag atharrachadh gus na sgilean farsaing a tha feumail airson soirbheachadh a thoirt don ath ghinealach.”

Sgoilear, Àrd-sgoil Kirkland, Fìobha

18 Riaghaltas na h-Alba (2001); “A Teaching Profession for the 21st Century” agus Riaghaltas na h-Alba (2011); “Advancing Professionalism in Scottish Teaching: Report of the Review of Teacher Employment in Scotland”.

19 Comhairle Teagaisg Choitcheann na h-Alba (2013); Ùrachadh Proifeiseanta



Tha sinn a' toirt taic do choileanadh **Teagasg Àm ri Teachd na h-Alba**,²⁰ a dh'adhbhraich grunn ghnìomhan air an dealbhadh gus tuilleadh àrdachaidh a thoirt air ìre phroifeiseantachd ar luchd-obrach foghlaim ann an Alba, le raon de phrìomh leasachaidhean bho thrèanadh proifeiseanta tùsail gu trèanadh proifeiseanta fad-dreuchd. Tha na gnìomhan uile air an dealbhadh gus a bhith a' gluasad nas fhaide ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun gabh ar luchd-teagaisg grèim air iarrtasan an fhèin-riaghlaidh agus an dleastanais phroifeiseanta ris a bheil dùil a-nis.

Taobh a-staigh na ro-innleachd seo airson sgilean luchd-obrach àrdachadh, tha adhartachadh comais airson **ceannardas** air a bhith na phrìomh phàirt. Airson a bhith èifeachdach, feumaidh ìrean àrda de fhèin-riaghlaidh ionadail ceannardas làidir. Thathas air seo aithneachadh tro leasachadh agus ath-sgrùdadh theisteanasan ceannardais, inbhean comais agus raon mòr de chothroman leasachaidh. Tha Teagasg Àm ri Teachd na h-Alba ag amas air leasachadh stiùiridh a thoirt gu ìre ùr, co-dhiù tro bhith a' stèidheachadh colaiste ùr Albannach gus dòigh-obrach nas ciallaiche de stiùireadh foghlaim aig ìre nàiseanta a thoirt air adhart.

20 Riaghaltas na h-Alba (2011); "Teaching Scotland's Future - Report of a review of teacher education in Scotland".



Tha **togail comais** mu dheidhinn barrachd na dìreach togail air eòlas is sgilean dhaoine fa leth agus dèanamh cinnteach gun cùm iad gan ùrachadh. Tha e cuideachd gu mòr mu dheidhinn togail comais lòdach chleachdaichean gus ionnsachadh, ùrachadh is measadh còmhla ann an dòighean èifeachdach, gus am bi cultar beothail de dh'ionnsachadh com-pàirteach a' toirt stiùireadh làidir do dh'adhartas anns gach raon.

A' toirt taic dha ath-leasachadh thar-16

Tha am prògram ath-leasachaidh thar-16 a' cur feumalachdan luchd-ionnsachaidh aig cridhe foghlaim, a' cumail taic riutha gus adhartas a dhèanamh fhad 's a tha iad a' gluasad eadar roinnean air turas nas ciallaiche.

Tha leasachadh siostam foghlaim is trèanaidh thar-16 èifeachdach ag iarraidh air gach neach-ionnsachaidh a bhith làn-ullaichte agus uidheamaichte airson obair fhaighinn. Ann a bhith a' coinneachadh ri ro-innleachd eaconamach an Rìghaltais tro fhàs seasmhach san eaconamaidh, feumaidh luchd-ionnsachaidh a bhith deònach atharrachadh, agus le eud is dealas airson sgilean ùra fhaighinn a dh'fheumas iad mar a bhios an dreuchd aca a' leasachadh.

Tha an t-ath-leasachadh thar-16 a' brosnachadh co-obrachadh nas fheàrr, slighean nas rèidhe, conaltradh nas soilleire mu na thathas a' tabhann agus pròiseasan is siostaman nas fhaisge, gu sònraichte aig ìre eadar-gluasaid. Ma bhios adhartas neach-ionnsachaidh nas èifeachdaiche is nas sùbailte bheir sin ullachadh nas fheàrr dha daoine òga nam beatha agus airson saoghal na h-obrach. Bidh am fòcas làidir air feumalachdan dhaoine òga eadar 16 is 19 a' tarraing ri chèile a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais, dealbhadh slighe ionnsachaidh tro 16+ Roghainnean Ionnsachaidh, agus Aontan Gnìomh Rìghaltas na h-Alba. Cuideachd, tro Chothroman do na h-Uile, tha tairgse ionnsachaidh no trèanaidh cinnteach aig deugairean 16–19 bliadhna mura h-eil iad mu thràth ann an obair, foghlam no trèanadh.



Is e ruigsinneachd is sgaoileadh na prìomh neartan a tha aig Foghlam Alba. Tha na daoine aca ag obair le luchd-ionnsachaidh, cleachdaichean is ceannardan air feadh an t-siostaim. Is e am prìomh dhùbhlán aca an sealladh farsaing aca a chleachdadh gus taic a chumail ri ùrachadh is togail chom-pàirteachasan stèidhichte air deagh chleachdadh. Ma nì iad sin gu soirbheachail, is urrainn dhuinn ann an ùghdarrasan foghlaim clàr-obrach ionadail a lìbhrigeadh a bheir buaidh adhartach air a' choileanadh foghlaim againn aig ìre nàiseanta.”

Coinneach Greer, Ball-gníomh, Comann Stiùirichean Foghlaim ann an Alba

Tha cruth-atharrachadh ann an roinn nan colaistean, tro cheumannan roinneil agus toirt a-steach aontan toraidh, ag amas air leasachadh ann an càileachd is buaidh na tha roinn nan colaistean a' cur ri amasan an Riaghaltais. Tha sinn ag obair gu dlùth ri Manaidsearan Toraidh Roinneil Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (MTR) gus dèanamh cinnteach gum bi roinneadh fiosrachaidh is dàta eadar ar buidhnean a' toirt taic do dhealbhadh roinneil èifeachdach. Tha an co-obrachadh ùr seo a' daingneachadh cinnt nas motha ann am fiosrachadh is dàta, air a chleachdadh le MTRn agus le colaistean, ann a bhith a' leasachadh solarachadh thar-roinne a bhios a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh is luchd-fastaidh, agus a' toirt taic do dh'eadar-ghluasadan.

Tha leasachadh Phlanaichean Tasgaidh Sgilean le LSA, CMA agus prìomh raointean a' toirt tuilleadh chothroman seachad dhuinn a bhith ag obair ann an com-pàirt gus aithne fhaighinn air feumalachdan sgilean agus gus siostam an fhoghlaim a chuideachadh gus dèiligeadh ri feumalachdan na margaidh obrach ann an co-theacsa roinneil.



A' brosnachadh a bhith an sàs còmhla a thaobh ionnsachadh is adhartas

Ann an Alba, tha sinn air a bhith air thoiseach ann a bhith a' togail comas ionadan is sheirbheisean foghlaim gus fèin-mheasadh a ghabhail os làimh agus a bhith a' dealbhadh gu h-èifeachdach airson leasachadh. Tha taic nàiseanta air fàs bho bhith a' solarachadh frèaman-obrach de thaisbeanaircean càileachd gu bhith a' solarachadh chleachdaichean le raon de ghoireasan air an dealbhadh gus an cuideachadh le bhith a' dèanamh measadh is adhartas air an cuid obrach fhèin. O chionn ghoirid, tha iad sin air innealan a thoirt a-steach gus cuideachadh le riaghladh atharrachadh ro-innleachdail, fad-ùine, le sùil air cruth-atharrachadh a bhrosnachadh.²¹

A' togail ar na neartan sin, tha e deatamach gum fàs proifeiseantaich foghlaim nas sgileil buileach ann a bhith a' mineachadh agus a' cur an gnìomh raon beartach de dh'eòlas is de dh'fhianais mu 'na tha ag obair' gus na co-dhùnaidhean a nì iad mun chleachdadh aca a stiùireadh. Feumaidh conaltradh leantainneach, cunbhalach den t-seòrsa seo ann an **ionnsachadh is sgrùdadh co-obrachail** a bhith air 'àbhaisteachadh' don dòigh anns am bi a h-uile cleachdaiche foghlaim Albannach ag obair, anns gach raon.

Tha leasachaidhean adhartach gus fàs is sgaoileadh cleachdadh co-obrachail èifeachdach a bhrosnachadh mu thràth air tòiseachadh ann am mòran sgìrean air feadh na dùthcha. Feumaidh sinn a-nis ro-innleachd nàiseanta nas ciallaiche a leasachadh agus a chuideachadh gus dèanamh cinnteach gum bi buaidh adhartach aca air eòlas luchd-ionnsachaidh air feadh na dùthcha gu lèir.





Bidh soirbheachas san dòigh-obrach seo gu mòr an urra ri cleachdaichean a' faighinn a-steach do mheasgachadh beartach de **eòlas is fianais** agus fios a bhith aca air mar a chleachdas iad e. Dh'fhaodadh gum bi am measgachadh seo a' toirt a-steach cho-dhùnaidhean measaidhean a rinneadh leis na cleachdaichean fhèin fhad 's a tha iad an sàs ann an sgrùdadh co-obrachail agus fianais nas ionadaile bho tùsan eile. Bidh seo a' tachairt tro bhith a' gineadh fianais gu dìreach bho na sgrùdaidhean againn, bho lèirmheasan agus ghnìomhan measaidh. Bidh e cuideachd bho bhith a' toirt cothrom air prìomh cho-dhùnaidhean sgrùdaidh, dàta measaidh is àireamhail gus cuideachadh le leasachadh seirbheis, a' tarraing air tùsan nàiseanta is eadar-nàiseanta. Tha prìomh dhleastanas oirnn cleachdaichean is ceannardan foghlaim a chuideachadh a' leasachadh nan sgilean a tha a dhìth gus an raon fianais is dàta seo a chleachdadh gu h-èifeachdach.

Mar a bhios cleachdadh ionnsachadh is sgrùdadh co-obrachail a' tighinn air adhart tha sinn cuideachd a' creidsinn gum feum sinn ar n-oidhirpean a dhaingneachadh gus **ùr-ghnàthachadh is cruthachas** àrach barrachd anns an t-siostam foghlaim againn. Mar a bhios barrachd chleachdaichean foghlaim fèin-riaghlaidh an sàs le stiùiridhean nàiseanta nas sùbailte feumaidh sinn dèanamh cinnteach gum bi buaidh dhòighean obrach ùra air am measadh gu dòigheil agus gum bi na leasan a thig bhon eòlas sin rim faighinn fad is farsaing gus am bi cothrom an cleachdadh ann an àiteachan eile.

“

Tha mi a' gealltainn dèanamh cinnteach ge-bith càite a bheil thu a' fuireach no dè na bun-chùisean bhon taobh a-muigh a tha na do bheatha gum faigh thu an aon chothrom air foghlam ris a h-uile duine eile.”

Cunntasachd eirmseach

Mar a bheir sinn ro-innleachd leasachaidh nàiseanta na h-Alba air adhart, stèidhichte air barrachd irean earbsa is fèin-riaghlaidh proifeiseanta san dòigh anns a bheil foghlam air a libhrigeadh, feumaidh sinn cuideachd dòighean nas fheàrr a lorg gus dèanamh cinnteach gun toir sinn cunntas air na toraidhean a tha sinn a' coileanadh.

An cois fèin-riaghlaidh is earbsa proifeiseanta thig dleastanas proifeiseanta gus a bhith an sàs gu fosgailte a' roinneadh fiosrachadh coileanaidh le daoine eile agus a bhith cunntasach airson nan toraidhean a chaidh a choileanadh.

Tha fios againn gu bheil fianais eadar-nàiseanta a' sealltainn gu bheil prìomh phàirt aig dàta coileanaidh soilleir a thaobh coileanadh ionadan is seirbheisean foghlaim anns na siostaman coileanaidh as fheàrr. Mar a bhios siostaman a' dèanamh adhartas gu ruige sàr-mhathais, bithear a' cleachdadh dàta ann an dòighean nas eirmsiche.

- Bithear **a' tional dàta coileanaidh** agus ga mhion-sgrùdadh gu h-eirmseach ann an dòighean a chomasaicheas bun-tomhas thar ionadan a tha a' frithealadh sluagh ionnsachaidh co-chosmhail, agus a bheir cuideachadh do chleachdaichean fòcas a chumail air buidhnean sònraichte de luchd-ionnsachaidh.
- **Tha cuideam làidir ga chur** air cleachdadh dàta de gach seòrsa gus sealladh coileanta fhaighinn air coileanadh agus beachd fhaighinn air an leasachadh a tha a dhìth, an àite a bhith a' cur cus cuideim air ceum no dhà a bharrachd air cuid eile.
- **Tha ceumannan coileanaidh air an dealbhadh gu faiceallach** agus air an cleachdadh gu sgileil gus droch chuibhreannan brosnachaidh ìsleachadh, leithid curraicealam cumhang no cus 'teagasg airson na deuchainn'.





Thathas a' cur fàilte air gealladh Foghlam Alba a thaobh obrachadh chom-pàirteach. Tha sinn uile a' co-roinn 'mòr-mhiann coitcheann' airson foghlaim na h-Alba, gu sònraichte ann a bhith a' cumail dùbhlàn ri buaidh bochdainn, agus faodaidh na buidhnean proifeiseanta guth is eòlas an neach-teagaisg a thoirt chun a' bhùird fhad 's a tha sinn a' gluasad air adhart le conaltradh cuideachail."

Larry Flanagan, Rùnaire Coitcheann, Institiud Foghlaim na h-Alba

Tha an dòigh-obrach againn a thaobh cleachdadh dàta gus leasachadh a bhrosnachadh ceangailte gu dlùth ris na prionnsapalan sin, mar eisimpleir ann a bhith a' leasachadh dhòighean ùra agus bun-tomhas a dhèanamh air toraidhean airson sgoilearan aig an ìre as sine. Bidh sinn a' cleachdadh dàta barrachd airson a bhith cunntasach agus fiosrachadh fhaighinn airson gnìomhan leasachaidh.

Thàinig atharrachadh cuideachd air dleastanas ar prògram sgrùdaidh is lèirmheis, a tha a' cur prìomh eileamaid eile ris an fhrèim chunntasachd is leasachaidh.

- **Tha ullachaidhean sgrùdaidh stèidhichte barrachd a-nis** air a bhith a' samplachadh solar air feadh na dùthcha an àite a bhith gu riaghailteach a' sgrùdadh a h-uile ionad no seirbheis fa leth taobh a-staigh cuairt stèidhichte.

- **Tha am prògram sgrùdaidh is lèirmheis** air fàs nas sùbailte agus nas freagarraiche do shuidheachaidhean ionaid no seirbheis fa leth, agus barrachd is barrachd stèidhichte air fèin-mheasadh mar thoiseach tòiseachaidh.
- Tha **an stoidhle chonaltraidh** eadar luchd-sgrùdaidh is chleachdaichean barrachd is barrachd stèidhichte air còmhraidh fosgailte timcheall air càileachd is coileanadh, gus am bi cleachdaichean a' faireachdainn gu bheil sgrùdadh no lèirmheas ga dhèanamh 'còmhla' riutha an àite dìreach a bhith air a dhèanamh 'orra.'

Tha seo a' cumail gu math ri sgrùdadh eadar-nàiseanta²² air mar a tha measadh bhon taobh a-muigh ag atharrachadh mar a tha siostaman a' gluasad a dh'ionnsaigh sàr-mhaitheis. Tha fòcas nas làidire air fèin-mheasadh agus adhartas am measg sholaraidhean agus nas lugha de chuideam air sgrùdadh cruaidh a tha a' stiùireadh margaidh fharpaiseach de roghainn phàrant mar prìomh ro-innleachd.

22 Hargreaves A agus Shirley D (2009); "The Fourth Way: The Inspiring Future for Educational Change".

A' togail siostam ionnsachaidh a tha a' stiùireadh leasachadh seasmhach

A' cur a h-uile freumh a tha sin de phoileasaidh is ro-innleachd còmhla, faodar geàrr-chunntas a thoirt air an dòigh-obrach Albannaich a thaobh leasachadh foghlaim, mar thè anns a bheil sinn a' feuchainn ri bhith a' togail is a' toirt taic do shiostam ionnsachaidh.

Ann an siostam ionnsachaidh tha ceangal coitcheann làidir luchd-obrach fìor phroifeiseanta a' cruthachadh **cearcall buadhach de leasachaidhean, stèidhichte air fianais, ann an cleachdadh.**

Faodaidh an cearcall buadhach seo leasachadh a stiùireadh air adhart ann an cuid no sa h-uile raon foghlaim. Gu dearbh, tha seo cho iomchaidh do chom-pàirteachasan a tha a' libhrigeadh taic chiallach chloinne is theaghlach is a tha e do luchd-obrach ann an sgoiltean is colaistean.

Tha luchd-ionnsachaidh aig cridhe an t-siostaim ionnsachaidh againn a tha an crochadh air sgioba-obrach proifeiseanta is àrd-inbhe gus dèanamh cinnteach gun obraich e.

Gus an obraich e aig an ìre as fheàrr bidh e:

- **a' dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh farsaing aig cleachdaichean** a' cur stiùireadh nàiseanta an gnìomh le dùil air toraidhean soilleir
- **a' brosnachadh eadar-mhìneachadh agus buileachadh ionadail ann an cleachdadh**, le brosnachaidhean airson ùr-ghnàthachadh a tha air a dheagh riaghladh;
- **a' dèanamh cinnteach gun tèid measadh a dhèanamh aig ìrean iomchaidh**, bho thaobh a-staigh gu taobh a-muigh agus bho ionadail gu nàiseanta;
- **a' toirt fianais bhon taobh a-muigh a-steach** bho sgrùdadh àrd-chàileachd; agus


- **làidir ann a bhith ag aithneachadh agus a' roinneadh fianais** mu na bhios ag obair ann an dòighean a tha cumte ri co-dhùnadh fiosraichte le cleachdaichean aig an aghaidh.

Faodar prionnsapalan cearcall buadhach leasachaidh a chur an gnìomh san aon dòigh a thaobh leasachadh poileasaidh is ro-innleachd leantainneach aig ìre nàiseanta.

Aig ìre nàiseanta, tha prìomh dhleastanas oirnn gus dèanamh cinnteach gun obraich a' cearcall seo gu h-èifeachdach. Tha an cearcall an urra ri Ministearan a' faighinn comhairle proifeiseanta air a dheagh stèidheachadh air fianais, gus an cuideachadh a thighinn gu co-dhùnaidhean mu na poileasaidhean ris am bu chòir cumail no atharrachadh gus coinneachadh ris na h-amasan aca. A' tarraing air ar farsaingeachd is doimhneachd mu bhith an sàs ann am measadh solarachadh thar gach roinn, agus ar comas air fianais bhon mheasadh sin a thoirt còmhla ri eòlas farsaing ann an cleachdadh foghlaim, tha sinn ann an suidheachadh airson comhairle luachmhor a thoirt dha Ministearan agus luchd-dèanaidh poileasaidh.




An cearcall buadhach leasachaidh





Ar rùin

Bheir sinn seachad an coimeasgadh as fheàrr de thaic is de dhùbhlàn gus leasachadh leantainneach de eòlas is chothroman dha luchd-ionnsachaidh uile ann an Alba a bhrosnachadh agus a dhìon.



Tha sinn air an aithris rùin seo a leasachadh gus cuideam a chur air an dleastanas shònraichte a bhios oirnn gus an dòigh-obrach Albannach air leasachadh foghlaim a stiùireadh, nar dreuchd mar phrìomh bhuidheann nàiseanta na h-Alba airson leasachadh ann am foghlam.

Tha ar rùin a' dearbhadh an fhìor eadar-dhealachadh a tha eadar an dleastanas nàiseanta a tha air Foghlam Alba a-nis, agus na dleastanasan a bha air na buidhnean a bh' ann romhainn. Le bhith a' tarraing ar goireasan gu aon àite, tha sinn a-nis ann an suidheachadh sònraichte far an urrainn dhuinn measgachadh de ghniomhan ciallach is cothromach a dhealbhadh gus taic a thoirt do leasachadh ann am foghlam na h-Alba. Tha seo a' toirt a-steach gnìomhan taic, leithid comhairle mun churraicealam, ionnsachadh, teagasg is measadh, agus a' toirt dùbhlàn do ghniomhan, leithid measadh, sgrùdadh agus lèirmheas.

Tha an comas seo gus brath a ghabhail air co-obrachadh eadar na raointean gnìomh sin, agus fìor luach a' tighinn mar thoradh air an sin, a' sònrachadh an fhìor chothrom a tha a' bhuidheann ùr a' toirt a-steach gu foghlam na h-Alba.

Tha e na phrìomh dhùbhlann don bhuidhinn againn ar comas air a' choimeasgadh seo fhaighinn ceart adhartachadh agus a chleachdadh ann an dòighean a tha fìor iomchaidh ann an co-theacsan sònraichte, ionadail. Is e cuid de na neartan àraid as urrainn dhuinn a thoirt don obair seo:

- **Ar ruigsinn nàiseanta is thar-roinneil.**

Is urrainn dhuinn comhairle, taic is measadh air foghlam a sholarachadh a tha stèidhichte air a bhith gu mòr an sàs thar gach sgìre den dùthaich, le làn chothrom airson coimeas nàiseanta, brosnachadh agus thar-ghineadh, agus a tha a' còmhach an làn raon aoise bho thràth-bhladhnaichean gu ionnsachadh inbheach.

- **Ar neo-eisimeileachd earbsach**

Mar thoradh air an neo-eisimeileachd a tha againn bho sholaraidhean foghlaim, agus an rèiteachadh riaghlaidh làidir a nì cinnteach gum bi ar breithneachadh sgrùdaidh saor bho bhuidh neo-iomchaidh sam bith bhon taobh a-muigh, is urrainn dhuinn measaidhean earbsach is neo-eisimeileach de chleachdadh foghlaim, agus a' bhuidh aca, a sholarachadh.



- **Ar ruigsinneachd air eòlas is ealantas**

Tha ruigsinneachd dìreach againn chun an ealantais, na cleachdaichean is an t-eòlas cleachdaidh as soirbheachaile ann an Alba agus gu eadar-nàiseanta. Tha comas againn cuideachd ionad eòlais a sholarachadh airson gach foghlamaiche ann an Alba, a' tarraing fiosrachaidh ri chèile bho sgrùdadh is tursan gu solaraichean foghlaim, a' gabhail a-steach gnìomhan measaidh is deagh chleachdaidh.



- **Ar ceangal le poileasaidh nàiseanta**

A' tarraing air na neartan gu h-àrd, tha bunait fianais gun samhail againn gus ar cuideachadh san dleastanas againn airson comhairle, stiùireadh is taic a thoirt dha Ministearan na h-Alba agus do na h-oifigearan aca nuair a bhios iad a' dèanamh lèirmheas, a' leasachadh agus a' cruthachadh poileasaidhean ùra. Bidh sinn ag obair gus ceanglaichean làidir a thogail le co-obraichean poileasaidh gus dèanamh cinnteach gun tachair sin gu h-èifeachdach.

Tha sinn a' creidsinn gu bheil na feartan làidir sin, còmhla, a' dearbhadh nas urrainn dhuinn a chur ri bhith a' coileanadh ar plana corporra. Bidh soirbheachas an urra ri cho èifeachdach 's as urrainn dhuinn obair ar com-pàirtichean a thoirt còmhla gu h-èifeachdach le co-fhòcas air foghlam na h-Alba a leasachadh.

“

Tha mi toilichte faicinn gu bheil cuideam ga chur air obrachadh chom-pàirteach gus dèiligeadh ri neo-ionannas ann an toraidhean do dhaoine òga na h-Alba. Leis na tha sin de cho-obrachadh làn adhbhar thar na roinne feumaidh sinn a bhith comasach air cothroman beatha adhartachadh do na h-uile.”

Coinneach Coineagan, Rùnaire Coitcheann, Luchd-fàgail na Sgoile an Alba

Ar luachan

Tha sinn ag amas air a bhith 'beò' leis na luachan sin san dòigh a bhios sinn ag obair còmhla taobh a-staigh na buidhne. A bharrachd air an sin, is e aon de na prìomh gheallaidhean againn agus sinn a' toirt coileanadh ar plana chorporra air adhart, na luachan sin a thaisbeanadh anns gach eadar-ghnìomh a th' againn le com-pàirtichean agus luchd-cleachdaidh seirbheis.

Tha ar luchd-obrach gu h-iomlan air an cuid fhèin a chur ri bhith a' mìneachadh ar prìomh luachan. Is iad sin:

ionracas

spèis

sàr-mhaitheis

cruthachas




integrity
respect
excellence
creativity

- A' nochdadh nan inbhean proifeiseanta as àirde de ghiùlan.
 - A' togail earbsa leis gach neach anns am bi sinn an sàs.
 - A bhith fosgailte agus soilleir nar co-dhùnidhean.
-

- A' dèiligeadh ris a h-uile neach le ionracas, modh is spèis.
 - Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do dh'eadar-dhealachaidhean fa leth.
 - Ag aithneachadh agus a' cleachdadh neartan, sgilean agus comasan gach neach.
-

- A' toirt taic do gach neach-ionnsachaidh ann an Alba gus na h-amasan as àirde aca a choileanadh.
 - A' nochdadh sàr-mhaitheis anns a h-uile rud a nì sin.
 - A bhith a' leasachadh agus a' stiùireadh an deagh chleachdadh eadar-nàiseanta as fheàrr.
-

- Ag obair le cuid eile gus dòighean ùra is diofraichte a sgrùdadh airson rudan a dhèanamh nas fheàrr.
 - A bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh bheachdan cruthachail agus sgilean cruthachail.
 - A' brosnachadh, ag ùrachadh, a' cruth-atharrachadh.
-

A photograph of a man and a woman looking at a document together. The man is on the left, and the woman is on the right. They are both looking down at the document. The image has a blue tint.

Ar n-amasan ro-innleachdail agus ar geallaidhean airson gnìomh thar nan trì bliadhna a leanas

Bheachdaich sinn air mar as fheàrr
as urrainn dhuinn ar dleastanas a
dhèanamh ann a bhith a' brosnachadh
cruthachadh siostam foghlaim
ionnsachaidh cumhachdach ann an Alba.

Le bhith a' toirt prìomhachas do dh'obair Foghlam Alba sna trì bliadhna a leanas tha sinn air ar fòcas a chur air na raointean far a bheil sinn a' creidsinn as urrainn dhuinn an tabhartas as motha a dhèanamh, a' tarraing air ar dleastanais àraid taobh a-staigh an t-siostaim. Tha sinn air an tabhartas sin a mhìneachadh le sia amasan ro-innleachdail.

Tha ar n-amasan ro-innleachdail a' toirt taic dhìreach do libhrigeadh ar lèirsinn agus ar rùin. Tha iad a' mìneachadh ann am briathran nas mionaidiche na prìomh dhòighean anns an urrainn dhuinn a' bhuidhinn as adhartach a chur an gnìomh, a' toirt taic don oidhirp choitcheinn nàiseanta gus am foghlam as fheàrr a thoirt do ar luchd-ionnsachaidh.

Tha gach aon de na h-amasan ro-innleachdail a' cur gu soilleir ri bhith a' togail an fhrèam-obrach chiallach iomlan a tha riatanach gus dèanamh cinnteach gun tèid cearcall buadhach leasachaidh a stèidheachadh air feadh na dùthcha.

Tha sinn air sgrùdadh a dhèanamh air nas aithne dhuinn an-dràsta mu fhoghlam na h-Alba agus tha sinn air faighneachd dha luchd com-pàirt dè a tha iad a' dùileachadh bhon bhuidhinn againn. Rinn sinn sgrùdadh agus mhìnich sinn dòigh-obrach gus adhartas fhaighinn a bhios air a dhealbhadh gu sònraichte gu bhith ceart airson siostam foghlaim a tha air slighe bho bhith 'math' gu bhith 'fior mhath'.

Tha a' chiad còig de na h-amasan ro-innleachdail againn a' buntainn ris a' bhuidhinn a thathas an dùil a bheir ar seirbheisean is gnìomhan taobh a-muigh air adhartachadh càileachd foghlam na h-Alba. Tha iad a' riochdachadh prìomh shlighean tro bheil sinn airson buaidh a thoirt air gnìomhan is comasan chàich, a chum buannachd luchd-ionnsachaidh na h-Alba aig a' cheann thall. Tha fòcas taobh a-staigh air an t-siathamh amas ro-innleachdail agus tha sin a' buntainn ri mar tha sinn airson ar fèin-chomasan is fèin-èifeachdachd mar bhuidhinn adhartachadh. Le bhith a' coinneachadh ris an amas sin nì sinn cinnteach gu bheil sinn uidheamaichte gus aghaidh a chur ris na còig amasan ro-innleachdail eile.

An seo tha sinn a' mìneachadh na tha seo a' ciallachadh mu na nì sinn thairis air na trì bliadhna a leanas; na tha sinn an dùil a thoirt air adhart anns gach fear de na h-amasan ro-innleachdail againn, bunait ar cuid obrach.

Tha sinn cuideachd soilleir gum feum fios a bhith againn dè na gnìomhan a tha nar n-amharc a nì eadar-dhealachadh ri bhith a' libhrigeadh ar prìomhachasan agus mar a bheir iad buannachd do luchd-ionnsachaidh agus do chleachdaichean.



Amas ro-innleachdail 1

Tog curraicealam ìre-cruinne do gach neach-ionnsachaidh ann an Alba.

Tha ro-innleachd leasachaidh na h-Alba airson foghlaim an urra ri frèam-obrach soilleir de stiùireadh nàiseanta mun churraicealam. Tha am frèam-obrach seo air a mhineachadh gu farsaing an àite a bhith cumhang is òrdaichte, agus tha fòcas aice air toraidhean is eòlasan a thathas an dùil a libhrigeas an siostam. Feumaidh stiùireadh mun churraicealam agus co-stiùireadh nàiseanta mu dhòighean ionnsachaidh, teagaisg is measaidh, a bhith soilleir, ciallach agus làn-stèidhichte air fianais èifeachdais. Feumaidh stiùireadh sam bith cuideachd cleachdaichean fhàgail le àite gu leòr airson an cuid breithneachaidh fhèin a ghleusadh ann a bhith a' co-dhùnadh dìreach dè an dòigh is ciamar a bu chòir dhaibh ionnsachadh eagrachadh airson feumalachdan an luchd-ionnsachaidh a tha fan comhair. Tha dleastanas soilleir oirnn dèanamh cinnteach gun tèid stiùireadh nàiseanta den t-seòrsa seo a stèidheachadh anns gach raon agus gun tèid lèirmheas a dhèanamh air stiùireadh gus am bi e iomchaidh anns na bliadhnaichean ri teachd. Is dòcha gur e ar dleastanas ann a bhith a' stiùireadh coileanadh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais an taobh as follaisiche den amas ro-innleachdail seo ach tha e air leth iomchaidh don phrìomh dhleastanas againn a thaobh leasachadh is coileanadh an stiùiridh ro-innleachdail nàiseanta ùir air ILC. Tha dleastanas soilleir againn cuideachd ann a bhith a' leasachadh churraicealaman thar bhuidhnean ionnsachaidh eile leithid cholaistean.

Gus an t-amas seo a libhrigeadh bidh sinn...

- **A' stiùireadh com-pàirteachas nàiseanta** gus leasachaidhean a thaobh a' churraicealaim 3 gu 18 a stiùireadh tro Bhuidheann Coileanaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.
- **A' libhrigeadh taic is stiùireadh nàiseanta nas fheàrr** le targaid air cuspairean prìomhachais a thèid aontachadh gach bliadhna tro phrògram coileanaidh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais, a' toirt a-steach taic airson na h-ìre àird ùir.
- **A' cur fòcas air neo-ionannas ann an toraidhean foghlaim a lùghdachadh** airson gach nach-ionnsachaidh le bhith ag obair le com-pàirtichean gus aithne fhaighinn agus ro-innleachdan èifeachdach a stiùireadh gus coileanadh adhartachadh agus buannachd àrdachadh gu sònraichte ann an litèarrachd, àireamhachd agus slàinte is sunnd.
- **A' toirt prìomhachas do bhith a' leasachadh gluasad luchd-ionnsachaidh** anns gach ìre is raon, agus thairis air eadar-ghluasad, bho thràth-bhliadhnaichean gu foghlam thar-16, trèanadh is ionnsachadh fad-beatha.
- **A' dol an sàs ann an gnìomhachd ruigsinn a-mach co-obrachail** agus goireasan làn-càileachd a chruthachadh gus adhartas fhaighinn ann an ionnsachadh, curraicealam agus measadh.
- **A' stèidheachadh structar ùr de bhùird lèirmheas curraicealaim**, le com-pàirteachas luchd-ùidh, phàrantan, luchd-ionnsachaidh agus chom-pàirtichean eile, gnìomhachasan nam measg, gus dèanamh cinnteach gum bi an curraicealam fhathast freagarrach agus comasach air toraidhean luchd-ionnsachaidh àrd-inbhe a libhrigeadh.

- **A' stiùireadh com-pàirteachas nàiseanta** gus dèanamh cinnteach gun tèid stiùireadh ro-innleachdail ILC a choileanadh gu h-èifeachdach le amas air coimhearsnachdan nas làidire a thogail gus cothroman beatha dhaoine de gach aois a leasachadh.
- **A' neartachadh ar com-pàirteachas** le colaistean agus an Lionra Leasachaidh Cholaistean ùr gus buaidh a thoirt air leasachaidhean ann an eòlasan is buileachadh luchd-ionnsachaidh.
- **A' leasachadh eadra-lìon prìobhaideach nàiseanta ùr agus a' brosnachadh** cleachdaidh theicneòlasan eile gus an cleachdadh as ùire a bhrosnachadh airson adhartas luchd-ionnsachaidh agus teagasg èifeachdach.
- **A' leasachadh portal do phàrantan** gus fiosrachadh ciallach is àrd-inbhe fhaighinn mu fhoghlam ann an Alba agus a h-uile fiosrachadh iomchaidh a thaobh sgoiltean fa leth.
- **Ag obair le Seirbheis Prìosain na h-Alba** gus solarachadh foghlaim a chruth-atharrachadh agus toraidhean foghlaim dha daoine òga a leasachadh, mar eisimpleir aig Institiud Eucoirich Òga Poll Mhonaidh.
- **A' solarachadh phrògraman sònraichte de thaic adhartach churraicealach is theagaig** gus solarachadh anns na raointean prìomhachais foghlaim a thaobh ionnsachaidh a neartachadh, nam measg a' Ghàidhlig agus Albais, Sgrùdaidhean Albannach, adhartachadh ann an saidheans, teicneòlas, innleadaireachd agus matamataig (STIM), iomairt is comas obrach, nuadh chànanan, tràth-bhliadhnaichean agus am plana gnìomh airson cruthachas.
- **A' toirt taic do leabachadh ionnsachadh** airson seasmhachd sa churraicealam le bhith a' brosnachadh gabhail ri dòigh-obrach làn-sgoile ciallach a thaobh saoranachd chruinneil, foghlam leasachaidh seasmhach, còraichean cloinne, foghlam san raon a-muigh is cluich.

Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn a' soirbheachadh?

Cleachdaidh sinn raon de thùsan fianais diofraichte gus measadh a dhèanamh air ar soirbheachais. Tha cuid de na prìomh ghniomhan a bheir fianais soirbheachais dhuinn air an liostadh gu h-iseal.

- **Thig càileachd thoraidhean luchd-ionnsachaidh air adhart** mar a chithear tro anailis dàta buileachaidh is coileanaidh nàiseanta, nam measg cleachdadh fiosrachadh bun-tomhais na h-ìre àird, Sgrùdadh Litearrachd is Àireamhachd na h-Alba (SLAA), làrach dàta Leasachadh Sgilean na h-Alba, àireamhan margaidh-obrach agus sgrùdaidhean bun-tomhais nàiseanta is eadar-nàiseanta eile.
- **Thig neo-ionannas ann an toraidhean luchd-ionnsachaidh** a-nuas mean ar mhean mar a chithear bho anailis choimhearsnachdan no bhuidhnean so-leònte agus sgrùdaidhean bun-tomhais eadar-nàiseanta.
- **Thig adhartas air càileachd ionnsachaidh mar a chithear** bho sgrùdaidhean, lèirmheas agus tursan measaidh eile far am bi fòcas sònraichte air an ìre gu bheil atharrachaidhean sa churraicealam, ann an ionnsachadh, teagasg is measadh ag adhartachadh eòlas an neach-ionnsachaidh.
- **Bidh an dàta mu chleachdadh Goireas Measaidh Nàiseanta (GMN)**, breithneachaidhean air cleachdadh agus cleachdaichean Glow, agus staitistig portail phàrant a' nochdadh buaidh làidir ar gnìomhachd sa churraicealam, ann an ionnsachadh, teagasg is measadh.
- **Dearbhaidh fios air ais bho ar com-pàirtichean** an ìre gu bheil ar stuthan taic, gnìomhachd coimhearsnachd agus goireasan eile ag àrdachadh ionnsachadh proifeiseanta, a' brosnachadh lionrathan nas fharsaing de choimhearsnachdan ionnsachaidh agus a' neartachadh solarachadh ann an raointean prìomhachais ionnsachaidh, m. e. Gàidhlig. Iarraidh sinn air ar com-pàirtichean ar dleastanas a mheasadh ann a bhith an sàs ann am measaidhean a' churraicealaim air feadh gach raon.

Amas Ro-innleachdail 2

Brosnaich ionnsachadh is stiùireadh proifeiseanta is àrd-inbhe am measg chleachdaichean foghlaim.

Tha an ro-innleachd leasachaidh Albannach an urra ri cleachdadh proifeiseanta àrd-inbhe seasmhach gach cuid a thaobh libhrigeadh seirbheis aig cleachdaichean foghlaim fa leth is ann an ceannardas a nochdas seirbheisean is ionadan foghlaim. Tha seo gu mòr am follais anns na h-ath-leasachaidhean a thathas a' toirt air adhart mar fhreagairt air aithisg Teagasg Àm ri Teachd na h-Alba, ach tha seo fìor cuideachd ann an raointean foghlaim nas fharsainghe na sgoiltean, leithid suidheachaidhean thràth-bhliadhnaichean agus seirbheisean foghlaim inbheach, agus airson proifeiseantaich nas fharsainghe na luchd-teagaisg, leithid eòlaichean-inntinn foghlaim agus iadsan aig a bheil Ceum ann an Cleachdadh Leanabachd. Tha fòcas nas motha ga chur air a bhith an sàs gu cunbhalach le cleachdaichean ann an ionnsachadh is sgrùdadh co-obrachail. Tha prìomh dhleastanas againn ann a bhith a' brosnachadh agus a' libhrigeadh chothroman leasachaidh proifeiseanta èifeachdach air stèidh nàiseanta.

Gus an t-amas seo a libhrigeadh bidh sinn...

- **A' stiùireadh leasachaidhean** tro bhith a' co-obrachadh le ar com-pàirtichean gus cultar làidir de dh'ionnsachadh is sgrùdadh proifeiseanta am measg chleachdaichean anns gach raon foghlaim a shireadh agus a dhaingneachadh.
- **A' cur dleastanas an sàs** mar bhuill de Bhòrd Buileachaidh Nàiseanta Teagasg Àm ri Teachd na h-Alba le bhith a' gluasad a' phrògram buileachaidh aontaichte air adhart, a' toirt a-steach taic do shruthan-obrach foghlaim, ionnsachadh proifeiseanta neach-teagaisg tùsail, ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd agus ceannardas foghlaim.
- **Ag obair le ar com-pàirtichean** gus dèanamh cinnteach gum faighear cothrom gu nàiseanta air ionnsachadh àrd-inbhe, modailean coidsidh is comhairleachaidh a bhios a' brosnachadh agus a' toirt taic dha lionrathan colaisteach, agus a' neartachadh ionnsachadh proifeiseanta, is a' dèiligeadh ri prìomhachasan ionadail is nàiseanta.
- **Ag obair le colaistean**, ROMn agus Lionra Leasachaidh nan Colaistean gus ionnsachadh proifeiseanta a bhrosnachadh agus comas àrd-mhanaidsearan is luchd-obrach cholaistean a thogail ann an co-theacsa roinnealachd nan colaistean.
- **A' tional agus a' brosnachadh** cleachdadh eòlais is sgrùdaidh gus comhairle chruinn, shoilleir airson chleachdaichean agus choimhearsnachdan ionnsachaidh proifeiseanta a bhrosnachadh.

- **A' reusanachadh agus a' leasachadh** ar siostaman air-loidhne gus slighe chiallach nàiseanta a sholarachadh airson taic a thoirt do ionnsachadh proifeiseanta agus gus cleachdadh Glow a bhrosnachadh gu bhith na chleachdadh nas fheàrr agus nas ùraichte airson ionnsachadh proifeiseanta.
- **A' dèanamh cinnteach** gum bi Fèis Ionnsachaidh na h-Alba (FIA) agus prògraman Duaisean Foghlaim na h-Alba a' brosnachadh smuaintean, in-ghabhalach agus ùr-ghnàthach, mar chomharradh air sàr-mhathais gach cuid nàiseanta is eadar-nàiseanta ann an ionnsachadh is ceannardas.
- **A' buileachadh dhòighean-obrach èifeachdach** a thaobh ionnsachadh is stiùirdh proifeiseanta fad-dreuchd, mar eisimpleir, bidh fòcas againn air ionnsachadh ìre-Maighstireil anns na gnìomhan anns am bi sinn an sàs agus a' bualadh air inbhean is comasan ùra proifeiseanta.
- **A' treòrachadh leasachadh stiùireadh nàiseanta ùr** a thaobh lèirmheas is leasachadh proifeiseanta, agus a' toirt taic do choileanadh an 'ùrachadh proifeiseanta' dha luchd-teagaisg agus na h-inbhean ùra airson luchd-obrach ILC.
- **A' toirt taic do leasachadh** Colaiste Ceannardas Foghlaim na h-Alba agus leasachadh foghlaim thar na roinne poblaich.
- **A' tort taic do leabachadh ionnsachadh** airson seasmhachd (a' gabhail a-steach saoranachd chruinneil, foghlam leasachadh seasmhach agus ionnsachadh san raon a-muigh) agus an nuadh mhargaidh obrach (a' gabhail a-steach sgilean stiùiridh dreuchd agus iomairt ann am foghlam) ann an obair chleachdaichean agus stiùirichean sgoile a rèir nan inbhean proifeiseanta ùra.

Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn a' soirbheachadh?

Cleachdaidh sinn raon de thùsan fianais eadar-dhealaichte gus a bhith a' measadh na h-ìre gu bheil sinn a' soirbheachadh. Tha cuid de na prìomh gnìomhan a bheir fianais soirbheachais dhuinn air an liostadh gu h-iseal.

- **Bidh gnìomhachd lionra agus conaltradh math breithneachail** thar choimhearsnachdan ionnsachaidh proifeiseanta gu mòr a' dol am meud mar a chithear ann an ùidh is càileachd conaltraidh air Glow (agus teicneòlasan air-loidhne eile), a toirt taic do choimhearsnachdan is lionrathan ionnsachaidh proifeiseanta a bharrachd air fios air ais gu dìreach bho chleachdaichean.
- **Bidh luchd-teagaisg is buidhnean proifeiseanta eile** ag aithris gu bheil iad gu mòr a' faighinn eòlas air ionnsachadh ìre-Maighstireil aig co-labhairtean, bùthan-obrach is lionrathan colaiste nàiseanta, ionadail is sgoile.
- **Bidh com-pàirtichean ag aithris ìrean nas àirde** de dh'fharpais airson prìomh dhreuchdan ceannardais is cleachdaidh.
- **Bidh aithrisean a' tighinn bho sgrùdaidhean is tursan cùmhnant** gu bheil ath-leasachaidhean teagaisg is stiùiridh air an leabachadh nas doimhne agus gu bheil com-pàirteachasan air an neartachadh le cleachdaichean an sàs anns gach ìre den Churraicealam airson Sàr-mhathais.
- **Bidh com-pàirteachas agus conaltradh** le SLF agus prògraman Duaisean Foghlaim na h-Alba a' dol am meud, a' fàs nas riochdachail a thaobh chleachdaichean air feadh na h-Alba agus ceangailte ri dealbhadh ionnsachadh proifeiseanta aig ìre ùghdarras ionadail.
- **Dearbhadh com-pàirtichean gu bheil ar comais** a thaobh a bhith ag aithneachadh, a' comharrachadh agus a' brosnachadh ùr-ghnàthachadh èifeachdach a' leasachadh agus a' tarraing luach, a' leantainn air adhart gu adhartas ann an ionnsachadh is teagasg.

Amas ro-innleachdail 3

Tog comas sholaraichean foghlaim an cuid coileanaidh a leasachadh gu leantainneach.

Tha ro-innleachd leasachaidh na h-Alba a' cur earbsa gu bheil na h-ionadan agus na seirbheisean a bhios a' solarachadh foghlaim air leth èifeachdach ann a bhith a' sior mheasadh an cuid coileanaidh agus a' cur adhartas an gnìomh gu breithneachail mar thoradh air an sin. Tha sinn a' creidsinn ann a bhith a' togail càileachd suas bhon ghrunnd. Feumaidh comas a bhith aig na h-ionadan is na seirbheisean a bhith an sàs ann an dealbhadh ro-innleachdail fad-ùine agus rian a chumail air cruth-atharrachadh. Mu thràth tha raon dhòighean againn airson stiùireadh iomchaidh, comhairle is taic a thoirt seachad do sholaraichean thar gach roinn foghlaim agus tha sinn a' toirt misneachd seachad a thaobh fèin-mheasadh is leasachadh tro na pròiseasan sgrùdaidh is lèirmheis againn. Feumaidh sinn cumail oirnn a' leasachadh ar cuid obrach san raon seo, a' togail nas motha air a' bhuidhe aige agus a leudachadh gu raointean eile nach eil sinn a' ruigsinn fhathast.

Gus an t-amas seo a lìbhrigeadh bidh sinn...

- **Ag obair le com-pàirtichean**, nàiseanta is eadar-nàiseanta, gus dòighean-obrach ùra airson comas a thogail a sgrùdadh, le fòcas air toraidhean a leasachadh tro ullachaidhean ùra com-pàrteachaidh a bhios a' cleachdadh eòlas is sgilean coitcheann siostam an fhoghlaim gus a' bhuidhe as fheàrr fhaighinn. Bheir seo a-steach leasachadh Chom-pàrteachasan Leasachaidh Sgoiltean.
- **A' dèanamh cinnteach gum bi na dòighean-obrach** agus na h-innealan a bhios sinn a' brosnachadh airson adhbharan fèin-mheasaidh air an ath-sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad iomchaidh airson an cleachdadh.
- **A' leasachadh shiostaman ùra, nas ciallaiche** gus cothrom a thoirt do sholaraichean foghlaim air cleachdadh ùr is èifeachdach, anailis is dàta a bheir fiosrachadh dhaibh mun gnìomhachd fèin-leasachaidh, agus trèanadh sònraichte a thoirt seachad gus an cuideachadh gu dàta a chleachdadh gu h-èifeachdach airson coileanadh a leasachadh.



- **A' leasachadh dhòighean-obrach ùra, nas aonaichte** mu adhartas is fèin-mheasadh ann an com-pàirt le buidhnean sgrùdaidh eile gus dèanamh cinnteach gu bheil dòighean-obrach air an co-thaobhadh cho èifeachdach 's a ghabhas dèanamh.
- **A' togail air comas ùghdarrasan ionadail** agus com-pàirteachasan dealbhadh coimhearsnachd a' stiùireadh an cuid adhartais fhèin ann an co-bhuinn ri buidhnean sgrùdaidh eile le taic shònraichte airson Co-obrachadh nan Tràth-bhliadhnaichean.
- **A' solarachadh taic ùr agus nas gnàthail**, le taic fhoirmeil do sholaraichean foghlaim gus toraidhean ionnsachaidh a leasachadh, stèidhichte air dealbhadh èifeachdach is feum aithnichte. Bheir seo a-steach cùmhnantan com-pàirteach ionadail eadar sinn fhìn is ùghdarrasan ionadail.
- **A' solarachadh fòcas soilleir** a thaobh a bhith a' leasachadh chothroman beatha dhar luchd-ionnsachaidh a tha nas so-leònte, nam measg a' libhrigeadh ionnsachadh proifeiseanta fad-dreuchd ann an obair bacaidh.
- **A' toirt prìomhachas shònraichte do sholaraichean trèanaidh** ann an dòighean a chaidh a dhealbhadh gus an cuideachadh le bhith a' ro-aithneachadh dhùbhlain fad-ùine agus a' dealbhadh gu h-èifeachdach airson nan atharrachaidhean a bhios a dhìth thar ùine, gan cuideachadh gus sùil shoilleir a chumail air feumalachdan luchd-ionnsachaidh san àm ri teachd.
- **Ag obair le com-pàirtichean agus solaraichean** gus sgrùdaidhean is lèirmheasan a leasachadh agus a libhrigeadh a thogas nas motha air fèin-mheasadh is deagh chleachdadh eadar-nàiseanta, agus a dh'àrdaicheas fòcas air leasachadh is atharrachadh èifeachdach.

Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn a' soirbheachadh?

Cleachdaidh sinn raon de thùsan fianais eadar-dhealaichte gus measadh a dhèanamh air cho math 's a tha sinn a' soirbheachadh. Tha cuid de na prìomh ghniomhan a bheir fianais soirbheachais dhuinn air an liostadh gu h-ìseal.

- **Thig adhartas air toraidhean luchd-ionnsachaidh** agus bidh iad a' sìor fhàs nas cothromaiche, air an tomhas tro chleachdadh fiosrachadh bun-tomhais ìre àird agus taisbeanairean bun-tomhais nàiseanta is eadar-nàiseanta eile.
- **Nì solaraichean adhartas** ann a bhith a' togail an cuid comais fhèin airson fèin-leasachadh mar a nochdar bho sgrùdadh is ghniomhachd measaidh eile, mar eisimpleir aig ìre ro-innleachdail tron phròiseas Measadh Cunnairt Roinnte (MCR).
- **Le fios air ais bho chleachdaichean**, sholaraichean is ar com-pàirtichean, dearbhaidh sin gu bheil iad a' faireachdainn gu bheil sinn ag obair nas èifeachdaiche agus nas co-obrachail le ar com-pàirtichean gus leasachadh a thoirt gu buil
- **Bidh càileachd is cruas fèin-mheasaidh** air leasachadh, gu sònraichte aig ìre cleachdaiche agus ann an com-pàirteachasan dealbhaidh coimhearsnachd, mar a gheibhear tro fhios air ais bho sholaraichean, sgrùdadh is gnìomhachd measaidh eile.
- **Dearbhaidh ar com-pàirtichean** gu bheil sinn air àrdachadh a thoirt air a' cho-roinn den obair againn a tha ag amas air ùr-ghnàthachas a bhrosnachadh is air eòlas a sgaoileadh thar gach raon is coimhearsnachd ionnsachaidh.

Amas Ro-innleachdail 4

Thoir seachad measadh neo-eisimeileach air solar foghlaim.

Tha ro-innleachd leasachaidh na h-Alba an urra ri bhith a' faighinn sruth làidir de dh'fhianais bheachdail bho mheasaidhean, an dà chuid air cleachdadh làithreach is cleachdadh a tha a' nochdadh às ùr, gus an urrainn do sholaraichean foghlaim ionnsachadh a cho-roinn is togail air soirbheachas a chèile. Bheir seo seachad fianais làidir bhon taobh a-muigh, a tha air fhaighinn gu neo-eisimeileach bho sholaraichean seirbheisean foghlaim. Bheir e cuideachadh don fhianais fèin-mheasaidh bho thaobh a-staigh an t-siostaim a tha a' sior fhàs. Tha seo na phàirt bhunaiteach de dh'obair ar buidhne, a' toirt a-steach ar raon de phrògraman sgrùdaidh is lèirmheis. Tha comas sònraichte againn air raon farsaing de ghnìomhachd measaidh a chur an gnìomh anns gach raon foghlaim agus air feadh na dùthcha. Bidh sinn a' solarachadh mheasaidhean neo-eisimeileach gus leasachadh a stiùireadh ann an ionadan fa leth thar roinnean agus aig ìre nàiseanta, far an lean sinn air adhart a' solarachadh sgrùdadh thar-Alba air tèamaichean de phrìomhachas nàiseanta làithreach.

Gus an t-amas seo a lìbhrigeadh bidh sinn...

- **A' coileanadh phrògraman sgrùdaidh is lèirmheis**, agus gnìomhachd measaidh eile, co-chòrdail ri ar poileasaidh sgrùdaidh is lèirmheis agus ar còd cleachdaidh. Bidh sinn ag obair le com-pàirtichean mar a bhios sin iomchaidh ann an ionadan thràth-bhliadhnaichean, gach seòrsa sgoil is colaiste, ILC, seirbheisean eòlas-intinn foghlaim agus prìosain.
- **Ag obair le com-pàirtichean agus solaraichean** gus dòighean-obrach ùra air sgrùdadh a chruthachadh a bhios a' measadh cho math 's a tha solaraichean nan seirbheisean poblach ag obair còmhla ann an raointean a bheir a-steach seirbheisean cloinne is dealbhaidh coimhearsnachd.
- **A' dealbhadh prògram ùr** de mheasadh neo-eisimeileach air seirbheisean stiùiridh dreuchdail agus gabhail pàirt ann an lèirmheas farsaing air cruth-tìre dearbhaidh càileachd airson solaraichean foghlaim thar-16 le taic do phrògram ath-leasachaidh thar-16 agus a' cur gu h-ìomchaidh ri atharrachadh sam bith a thig às mar thoradh.
- **A' dealbhadh agus a' lìbhrigeadh** prògram sgrùdaidhean measaidh tèama is lèirmheasan a choinnicheas ri prìomh raointean prìomhachais nàiseanta, ro-innleachdail a dh'aontaich ministearan agus luchd com-pàirt agus CMA.
- **A' dèanamh cinnteach gum bi am pròiseas** sgrùdaidh is lèirmheis fhèin na eadar-theachd èifeachdach a bheir taic do dh'adhartas, ionnsachadh proifeasanta agus togail comais.



- **A' dèanamh cinnteach gun tèid eòlas** bho sgrùdadh, lèirmheas agus gnìomhachd measaidh eile a chleachdadh airson adhbharan leasachaidh agus gum bi e ri fhaighinn le solaraidhean is cleachdaichean aig ìre ionadail.
- **A' solarachadh fiosrachadh soilleir is ruigsinneach** do gach pàrant is neach com-pàirt a thaobh sgrùdadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil gach fiosrachadh iomchaidh ri fhaighinn gu furasta le bhith a' leasachadh agus a' brosnachadh seirbheis shingilte air-loidhne ùr a tha a' toirt ri chèile goireasan air-loidhne làithreach, mar eisimpleir Sgoiltean Alba Air-loidhne agus Parentzone.

Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn a' soirbheachadh?

Cleachdaidh sinn raon de thùsan fianais eadar-dhealaichte gus measadh a dhèanamh air cho math 's a tha sinn a' soirbheachadh. Tha cuid de na prìomh ghniomhan a bheir fianais soirbheachais dhuinn air an liostadh gu h-iseal.

- **Bheir toraidhean foghlaim**, measaidhean leantainneach agus fios air ais bho luchd com-pàirt fianais soilleir de dh'adhartas dha luchd-ionnsachaidh às dèidh a bhith an sàs ann am measadh bhon taobh a-muigh.
- **Innsidh sgrùdadh is lèirmheas bhon taobh a-muigh** gu bheileas a' dèanamh fèin-mheasadh aig ìre ionadail is roinneil le ìre èifeachd nas àirde.
- **Dearbhaidh fios air ais bho phàrantan, sholaraidhean** agus luchd-cleachdaidh gu bheil cothrom furasta aca air fiosrachadh dearbhte bhon taobh a-muigh agus bun-tomhais nàiseanta a tha feumail, furasta a leughadh agus a thuigsinn. Bidh pàrantan, gu sònraichte, a' faireachdainn nas fiosraichte mu chàileachd foghlaim anns na sgìrean ionadail aca.
- **Cumaidh solaraidhean, luchd-cleachdaidh agus com-pàirtichean** a' dol ag aithris gu h-adhartach air càileachd is sgilean measaidh ar luchd-obrach.
- **Dearbhaidh fios air ais bho luchd com-pàirt** gu bheil solaraidhean a' creidsinn gum bi ar luchd-obrach ag obair gu cunbalach le cuid eile taobh a-staigh na h-Alba agus nas fhaide air falbh gus sgilean is ionnsachadh a roinneadh bho gnìomhachd sgrùdaidh is measaidh eile.

Amas ro-innleachdail 5

Thoir buaidh air poileasaidh nàiseanta tro chomhairle stèidhichte air fianais.

Tha ro-innleachd leasachaidh na h-Alba ag iarraidh gum bi ruigsinneachd mhath aig Ministearan agus an cuid oifigich poileasaidh air comhairle phroifeiseanta làn-stèidhichte gus a bhith a' cuideachadh poileasaidh foghlaim agus raointean poileasaidh poblach eile a leasachadh agus ath-sgrùdadh. Mar a' bhuidheann leasachaidh foghlaim nàiseanta tha cothrom againn air bunait fharsaing shònraichte de dh'èòlas is fhianais bhon ghnìomhachd mheasaidh is cheangail againn. An cois ar mothachaidh de dh'èòlas bho sgrùdadh is anailis eadar-nàiseanta, tha dleastanas làidir oirnn gus dèanamh cinnteach gun cleachd sinn a' bhunait fhianais seo gu h-èifeachdach gus comhairle phroifeiseanta àrd-inbhe a sholarachadh ann an dòighean a bheir buaidh adhartach air pròiseas dealbhadh poileasaidh. A' togail air na ceanglaichean dlùth a th' againn le Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean nàiseanta eile, feumaidh sinn a bhith an sàs ann an dòighean freagairteach is beothail gus ar buaidh san raon seo a thoirt chun na h-ìre as àirde.

Gus an t-amas seo a lìbhrigeadh bidh sinn...

- **A' dèanamh lèirmheas agus ag àrdachadh ar comais** air anailis agus co-chur prìomh fhianais bho ar gnìomhachd iomlan air ceangal, leasachadh, agus sgrùdadh gus comhairle neo-eisimeileach, àrd-inbhe a thoirt seachad air leasachadh, coileanadh is tuilleadh lèirmheis air poileasaidh nàiseanta.
- **An sàs gu farsaing le com-pàirtichean** agus luchd-taic gus dèanamh cinnteach gum bi ar comhairle fiosraichte le raon iomchaidh de sheallaidhean is bheachdan.
- **Ag adhartachadh ar comais** air a' chleachdadh as fheàrr a dhèanamh de fhiosrachadh bho sgrùdaidhean is chleachdaidhean na RA agus eadar-nàiseanta gus comhairle agus fiosrachadh a thoirt seachad mu leasachadh poileasaidh.
- **A' neartachadh ar dàimh co-obrachaidh** le Ministearan agus stiùirichean poileasaidh ann an Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gun toir sinn seachad comhairle foghlaim proifeiseanta a thaobh cuspairean prìomhachais nàiseanta.
- **Gu gnìomhach a' sireadh chothroman** gus cur gu h-iomchaidh ri grunn raointean poileasaidh a tha a' gearradh tarsainn san fhrèam-obrach poileasaidh fharsaing, thairis agus nas fhaide na foghlam is seirbheisean cloinne.
- **A' conaltradh gu dlùth ri Riaghaltas na h-Alba** gus prògram de lèirmheasan tèama ìreil aithneachadh agus aontachadh a thaobh prìomh chuspairean foghlaim a nì cinnteach gun toir sinn seachad comhairle thimeil, ùghdarrasach a thaobh cuspairean prìomh phoileasaidh.
- **A' feuchainn ri bhith a' fiosrachadh poileasaidh obrachail** prìomh bhuidhnean nàiseanta a tha iomchaidh a thaobh foghlaim, a' tarraing air an cuid taic ann a bhith a' leasachadh ar poileasaidh obrachail fhìn.



Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn a' soirbheachadh?

Cleachdaidh sinn raon de thùsan fianais eadar-dhealaichte gus measadh a dhèanamh air cho math 's a tha sinn a' soirbheachadh. Tha cuid de na prìomh ghniomhan a bheir fianais soirbheachais dhuinn air an liostadh gu h-iseal.

- **Bidh ar prìomh chom-pàirtichean** ag aithris gu bheil càileachd àrd-ìre nar comhairle neo-eisimeileach agus gu bheil creideas nar dàimh le Ministearan a bheir buaidh air poileasaidh.
- **Bidh ar prìomh chom-pàirtichean** ag aithris gu bheil sinn ag obair còmhla riutha gu co-obrachail ann a bhith a' tionail fiosrachadh timcheall air prìomh raointean poileasaidh.
- **Dearbhaidh fios air ais bho Mhinistearan agus ar co-obraichean ann an Riaghaltas na h-Alba** a thaobh raon, càileachd is èifeachdas ar comhairle gu bheil sinn nas beothail mar bhuidheann agus a' dèanamh barrachd cheanglaichean thar gach frèam-obrach poileasaidh.

Amas Ro-innleachdail 6

Adhartaich ar comas buidhneil agus cuir seilbh nar daoine.

Tha ro-innleachd leasachaidh na h-Alba a' dèanamh a-mach gu soilleir gu feum sinn mar phrìomh bhuidheann nàiseanta airson foghlaim agus ionnsachaidh a bhith nar deagh eisimpleir de bhuidheann ionnsachaidh. Na tha sinn ag iarraidh air colaistean, sgoiltean agus buidhnean eile, feumaidh sinn iarraidh oirnn fhìn. Gu dearbh, bidh ar soirbheachas ann a bhith a' dol às dèidh nan còig amasan ro-innleachdail roimhe seo gu ìre mhòir an urra ri dè cho èifeachdach 's a tha sinne ann a bhith ag adhartachadh ar comas buidhneil fhìn agus a' toirt comasan ar luchd-obrach gu buil. Mar sin tha an siathamh amas ro-innleachdail na fhaileas air ar geallaidh air adhartas leantainneach nar siostaman agus nar cleachdaidhean. Taobh a-staigh an amais seo bidh fòcas againn air a' ghoireas as fheàrr a tha againn, na daoine againn, a' toirt taic don leasachadh agus don choileanadh aca, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na daoine cearta againn, leis na sgilean cearta, anns na dreuchdan cearta. Cuiridh sinn fòcas cuideachd air a bhith a' leasachadh nan siostaman agus nam pròiseasan againn. Mar eisimpleir, feumaidh sinn ar comas fhàs agus àrdachadh gus a bhith a' riaghladh na h-àireimh de dh'fhiosrachadh agus eòlas a tha ri fhaighinn againn bho thùsan bhon taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh. Tionndaidhidh sinn na goireasan sin gu eòlas is comhairle a bhios air an dealbhadh airson diofar luchd-èisteachd, bho luchd-dèanaidh poileasaidh nàiseanta gu cleachdaichean fa leth.

Gus an t-amas seo a libhrigeadh bidh sinn...

- **A' dèanamh cinnteach gu bheileas gar faicinn** mar fhastaiche càilear le comas luchd-obrach thàlantach a thàladh aig a bheil na sgilean agus an t-eòlas a tha riatanach gus cur ri coileanadh ar n-amasan agus gus creideas àrd a chumail am measg ar luchd com-pàirt.
- **A' dèanamh tuilleadh leasachaidh** air ar pròiseasan dealbhaidh is riaghlaidh gnìomh gus dèanamh cinnteach gu bheil fòcas ar n-obrach air toraidhean a leasachadh, ar lèirsinn, ar rùin agus ar n-amasan ro-innleachdail, agus gun stèidhich sinn siostaman èifeachdach gus ar soirbheachas ann a bhith gan coileanadh a thomhas.
- **A' coileanadh ro-innleachd dhaoine** a nì cinnteach gu bheil lionrathan leasachaidh proifeiseanta agus dòighean-obrach air an taobh a-staigh a' dèanamh làn-chleachdadh de sgilean ar luchd-obrach, agus gu bheil cothrom aig ar luchd-obrach air fàs pearsanta agus gu bheil luach againn annta.
- **A' coileanadh fo-structar ùr IT air an taobh a-staigh** agus a' dèanamh lèirmheas farsaing air àite-fuirich is cleachdaidhean obrach gus tarbhachd is èifeachdachd ar daoine àrdachadh, comas buidhneil àrdachadh agus an luach as fheàrr a libhrigeadh.
- **A' dèanamh tuilleadh leasachaidh** air ar comas buidhneil airson a bhith a' faighinn, ag iomlaid, a' tional agus a' sgaoileadh sgrùdadh is eòlas làn-fianais nàiseanta is eadar-nàiseanta.



Na fàs somalta. Chan urrainn dhuinn a bhith somalta. Tha sinn beò ann an saoghal beothail, a tha a' sìor atharrachadh, làn de dhaoine fa leth a tha ag atharrachadh. Nach cùm sinn ceum ris. Nach comharraich sinn e.”

Sgoilear, Àrd-sgoil Bhaile Freòin

Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn a' soirbheachadh?

Cleachdaidh sinn raon de thùsan fianais eadar-dhealaichte gus measadh a dhèanamh air cho math 's a tha sinn a' soirbheachadh. Tha cuid de na prìomh ghniomhan a bheir fianais soirbheachais dhuinn air an liostadh gu h-iseal.


- **Fàsaidh farpais airson obair fhaighinn** nar dreuchdan bhon bhunait a tha mu thràth làidir.
- **Nochdaidh sgrùdaidhean bliadhnail luchd-obrach is luchd com-pàirt** gu bheil ar conaltradh buidhne a' fàs nas fheàrr agus air thoiseach san roinn.
- **Tha ar n-aithisgean maitheis luchd-obrach** agus taisbeanair ionannachd a' leasachadh bliadhna às dèidh bliadhna bhon bhun-loidhne a chaidh a chlàradh ann an 2012 agus tha iad aig an ìre as àirde ann an coimeas ri buidhnean eile coltach rinn.
- **Bidh sgrùdaidhean luchd com-pàirt agus buidhnean fòcais** a' dearbhadh gu bheil ar com-pàirtichean a' creidsinn gu bheil pròiseasan nas fheàrr ann airson eòlas a rannsachadh, a mhion-sgrùdadh, a cho-roinn is a chleachdadh gus taic a thoirt do cho-obrachadh agus libhrigeadh nas èifeachdaiche a thaobh ar n-amasan ro-innleachdail.
- **Tha sinn aithnichte airson sàr-mhaitheis gnothachais** tron Urras Eòrpach airson Càileachd Riaghlaidh le Càileachd na h-Alba agus buidhnean eile bhon taobh a-muigh.
- **Tha measaidhean luach as fheàrr** bho ar buidhne a' leasachadh bliadhna às dèidh bliadhna.





A' toirt nam buannachdan gu buil

Tha coileanadh Foghlam Alba mar bhuidheann air leth cudromach dhuinne agus do na prìomh chom-pàirtichean againn air feadh na h-Alba. Tha e deatamach gum bi dòighean soilleir is aontaichte againn gus ar n-èifeachdais mar bhuidheann a thomhas.



Tha sinn a' gealltainn ar n-adhartais a thomhas agus a bhith ag aithris gu fosgailte air an ìre gu bheil sinn a' soirbheachadh ann a bhith a' coileanadh ar rùin. Fo gach amas ro-innleachdail tha sinn air raon de thùsan fianais a shuidheachadh a chleachdas sinn airson breithneachadh a dhèanamh air ar soirbheachais.

Bidh sinn:

- a' dearcnachadh air ar n-adhartais gach bliadhna agus
- a' foillseachadh aithisg lèirmheis agus geàrr-chunntais ro dheireadh 2016.

Eàrr-ràdh A:

Frèam Coileanaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Adbhar an Riaghaltais						
Fòcas an riaghaltais agus seirbheisean poblach a bhith air dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothroman do na h-uile ann an Alba air fàs, tro bhith ag àrdachadh fàs eaconamach seasmhach.						
Targaidean Àrd-ìre Co-cheangailte ris an Adbhar						
Fàs	Toradh	Pàirteachas	Sluagh	Dlùthachd	Leantalachd	Seasmhachd

Amasan Ro-innleachdail

Nas beartaiche & Nas cothromaiche	Nas Sgairteile	Nas Fallaine	Nas Sàbhailte & Nas Làidire	Nas Uaine
Toraidhean Nàiseanta	Tha sinn beò ann an Alba a tha nas tarraingiche na àite eile airson gnothachas san Roinn Eòrpa			Toraidhean Nàiseanta
	Tha sinn a' coileanadh ar làn-chomasan eaconamach le barrachd cothroman obrach is le cothroman obrach nas fheàrr dhar daoine			
	Tha sinn nas foghlamaichte, nas sgileil agus nas soirbheachail, ainmeil airson ar rannsachaidh is ar ùr-ghnàthachais			
	Tha ar daoine òga nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nan daoine misneachail, nan com-pàirtichean èifeachdach agus nan saoranaich earbsach			
	Tha an tòiseachadh as fheàrr aig a' chloinn againn agus tha iad deiseil gus soirbheachadh			
	Tha sinn beò nas fhaide agus nas fallaine			
	Tha sinn air dèiligeadh ris na neo-ionannasan cudromach a tha ann an comann-sòisealta na h-Alba			
	Tha sinn air adhartas a thoirt air cothroman-beatha do chloinn, dhaoine òga agus theaghlaicean a tha ann an cunnart			
	Tha sinn beò le beatha a tha sàbhailte bho eucoir, mì-rian is cunnart			
	Tha sinn beò ann an àiteachan seasmhach a tha air an deagh dhealbhadh is far am faigh sinn cothrom air na goireasan is na seirbheisean air a bheil feum againn			
	Tha coimhearsnachdan againn a tha làidir, daingeann agus taiceil, far am bi daoine a' gabhail uallach airson an cuid gnìomh agus mar a bheir iad buaidh air càch			
	Tha sinn a' togail luach agus a' faighinn tlachd às an àrainneachd thogte is nàdarrach, agus ga dìon agus ga neartachadh airson nan ginealaichean ri teachd			
	Tha sinn a' togail moit ann an dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach is in-ghabhalach			
	Tha sinn a' lùghdachadh na buaidh ionadail is chruinneil a tha aig ar caitheimh is ar toraidh air an àrainneachd			
Tha ar daoine comasach air an cuid neo-eisimeileachd a ghleidheadh fhad 's a tha iad a' fàs agus is urrainn dhaibh taic iomchaidh fhaighinn nuair a dh'fheumas iad sin				
Tha ar seirbheisean poblach aig àrd-ìre, a' fàs nas fheàrr an-còmhnaidh, èifeachdach is a' freagairt feumalachdan dhaoine ionadail				

Frèam Coileanaidh Nàiseanta – Seata Tomhais

Àrdaich Fàs Eaconamach na h-Alba	Leasaich Toraidh	Leasaich Com-pàirteachas	Àrdaich Fàs Sluaigh
Targaidean Adhbhair			
Sluaigh – Àrdaich Dùil-beatha Fallain	Dlùthachd – Lùghdaich Neo-ionannas Tuarastail	Tàthadh – Lùghdaich Neo-ionannas an an Com-pàirteachas Eaconamach thar Alba	Seasmhachd – Lùghdaich Sgaoilidhean Gas Taigh-gloinne
Taisbeanair Nàiseanta	Àrdaich an àireamh ghnòthachasan	Lùghdaich a' cho-roinn de dh'inbich a tha a' smocadh	Taisbeanair Nàiseanta
	Àrdaich às-mhalairtean	Lùghdaich na tha a' frithealadh ospadal mar thoradh air deoch làidir	
	Leasaich fo-structar didseatach	Lùghdaich an àireamh dhaoine le duilgheadas dhrogaichean	
	Lùghdaich dùmhlachd trafaig	Leasaich tuigse dhaoine mu ìre eucoir san sgìre aca	
	Leasaich cliù na h-Alba	Lùghdaich ìrean ath-dhitidh	
	Àrdaich cosg air rannsachadh is leasachadh	Lùghdaich ìrean fulaing mar thoradh air eucoir	
	Leasaich iomlaid eòlais bho rannsachadh oilthighean	Lùghdaich bàsan air rathaidean na h-Alba	
	Leasaich iomhaigh sgilean an t-sluaigh	Leasaich beachd dhaoine mu chàileachd sheirbheisean poblach	
	Àrdaich an àireamh de dh'ionadan ro-sgoile a tha a' faighinn deagh aithisgean sgrùdaidh	Leasaich comasan freagairt nan seirbheisean poblach	
	Àrdaich an àireamh sgoiltean a tha a' faighinn deagh aithisgean sgrùdaidh	Lùghdaich an ìre de dhaoine a tha beò ann am bochdainn	
	Leasaich ìrean buileachaidh foghlaim	Lùghdaich bochdainn cloinne	
	Àrdaich a' cho-roinn de dhaoine òga ann am foghlam, trèanadh no obair	Leasaich cothroman taigheadais dhaibhsan a tha feumach air dachaigh	
	Àrdaich an àireamh cheumnaichean ann an cinn uidhe adhartach	Àrdaich an àireamh de dhachaighean ùra	
	Leasaich seirbheisean cloinne	Leudaich cleachdadh an eadar-lìn	
	Leasaich slàinte fiaclach cloinne	Leasaich beachd dhaoine mun nàbaidheachd aca	
	Àrdaich a' cho-roinn de naoidhean le cuideam breith fallain	Àrdaich na tha an sàs ann an dualchas	
	Àrdaich an àireamh de chloinn le cuideam fallain	Leasaich suidheachadh làraichean eachdraidheil na h-Alba	
	Àrdaich gnìomhachd corporra	Àrdaich cho tric 's a bhios daoine a' cleachdadh blàr a-muigh na h-Alba	
	Leasaich slàinte choitcheann fèin-mheaste	Leasaich suidheachadh làraichean dìon nàdair	
	Leasaich maithreas inntinn	Àrdaich pailteas eòin briodaidh talmhaidh: bith-iomadachd	
Lùghdaich bàs ro-thràitheil	Leasaich suidheachadh àrainneachd mara na h-Alba		
Leasaich cùram deireadh-beatha	Lùghdaich lorg-coise càrboin na h-Alba		
Leasaich taic do dhaoine le feumalachdan cùraim	Àrdaich a' cho-roinn de thursan obrach tro chòmhdhail poblach no gnìomhach		
Lùghdaich toirt a-steach èiginneach do dh'ospadal	Lùghdaich cruthachadh sgudail		
Leasaich càileachd eòlais cùraim slàinte	Àrdaich toradh dealain ath-nuadhachail		

Èarr-ràdh B:

Adhbhar a' churraicealaim: na ceithir chomasan

Tha an leanabh no an neach òg aig teis meadhan ionnsachadh. Is e adhbhar a' churraicealaim an leanabh no an neach òg uidheamachadh gus na ceithir comasan a leasachadh. Tha cinn nan ceithir comasan feumail airson adhbhar a' churraicealaim mar aithris a tha furasta a cumail air chuimhne, ach dh'fhaodte gu bheil na tuairisgeulan

taisbeanach fo na cinn nas cudromaiche buileach airson a bhith a' tuigsinn nam feartan a tha a' cur ris na comasan.

Luchd-ionnsachaidh soirbheachail

le

- dealas agus togradh airson ionnsachadh
- dìcheall gus coileanadh àrd-ìre a ruigsinn
- bhith fosgailte do bheachdan is smuaintean ùra

agus comasach air

- sgilean litearrachd, conaltraidh is àireamhachd a chleachdadh
- teicneòlas a chleachdadh airson ionnsachadh
- smaoinreachadh gu cruthachail is gu neo-eisimeileach
- ionnsachadh leotha fhèin agus mar phàirt de bhuidheann
- measadh reusanta a dhèanamh
- ceangal a dhèanamh agus dòighean ùra ionnsachaidh a chur an gnìomh ann an suidheachaidhean ùra

Daoine misneachail

le

- fèin-spèis
- mothachadh air maitheas corporra, inntinn agus tòcail
- luachan is creideamhan cinnteach
- mòr-mhiann

agus comasach air

- ceangal a dhèanamh le daoine eile agus rian a chumail orra fhèin
- dòigh-beatha fhallain is ghnìomhach a leantainn
- a bhith fèin-mhothachail
- na creideamhan is na beachdan aca fhèin air an t-saoghal a leasachadh agus a chur an cèill
- a bhith beò cho neo-eisimeileach 's as urrainn dhaibh
- cunnart a mheasadh co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh
- a bhith soirbheachail ann an diofar raointean gnìomhachd

Gus comas a thoirt do gach neach òg gu bhith nan

Saoranaich earbsach

le

- spèis do chàch
- gealladh a bhith an sàs gu dleasanach ann am beatha phoilitigeach, eaconamach, sòisealta is cultarail

agus comasach air

- eòlas is tuigse a leasachadh air an t-saoghal agus àite na h-Alba ann
- diofar chreideamhan is chultaran a thuigsinn
- roghainnean is co-dhùnaidhean fiosraichte a ruigsinn
- cùisean àrainneachd, saidheansail is teicneòlais a mheasadh
- beachdan fiosraichte, modhanach mu chuspairean toinnte a leasachadh

Com-pàirtichean èifeachdach

le

- sealladh iomairteach
- tapachd
- fèin-earbsa

agus comasach air

- conaltradh ann an diofar dhòighean agus ann an diofar shuidheachaidhean
- obrachadh ann an com-pàirt agus ann an sgiobaidhean
- a bhith iomairteach is deònach stiùireadh
- smaoinreachadh breithneachail a bhuileachadh ann an co-theacsan ùra
- cruthachadh is leasachadh
- duilgheadasan fhuasgladh



T +44 (0)141 282 5000
E enquiries@educationscotland.gov.uk
W www.educationscotland.gov.uk

Foghlam Alba, Taigh Denholm, Pàirc Gnìomhachais Almondvale, Slighe Almondvale, Baile Dhùn Lèibhe EH54 6GA

Ag atharrachadh bheathannan tro ionnsachadh

© Dlighe-sgrìobhadh a' Chrùin, 2013

Faodaidh tu am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach iomhaighean is suaicheantasan) saor 's an-asgaidh ann an cruth is meadhan sam bith, fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte fhad 's a tha e air ath-chraoladh gu fìor agus nach eil an co-theacsa meallta. Feumar dlighe-sgrìobhadh Foghlam Alba innse agus tiotal a' phàipeir ainmeachadh.

Gus an cead seo fhaicinn, tadhail air <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far an do dh'ainmich sinn fiosrachadh dlighe-sgrìobhadh treas phàrtaidh feumaidh tu cead fhaighinn bho luchd-seilbh iomchaidh na dlighe-sgrìobhadh.

Gheibh thu ar plana corporra aig www.educationscotland.com/corporateplan far a bheil e ri fhaighinn cuideachd sa Ghàidhlig. Gheibhear e ann an cànanan eile le iarratas.

